


Sgrùdadh treòrach air Deagh Luach 2

---

# Comhairle na Gàidhealtachd



 AUDIT SCOTLAND

An Cèitean 2010

# The Accounts Commission

The Accounts Commission is a statutory, independent body which, through the audit process, assists local authorities in Scotland to achieve the highest standards of financial stewardship and the economic, efficient and effective use of their resources. The Commission has four main responsibilities:

- securing the external audit, including the audit of Best Value and Community Planning
- following up issues of concern identified through the audit, to ensure satisfactory resolutions
- carrying out national performance studies to improve economy, efficiency and effectiveness in local government
- issuing an annual direction to local authorities which sets out the range of performance information they are required to publish.

The Commission secures the audit of 32 councils and 44 joint boards and committees (including police and fire and rescue services).

Audit Scotland is a statutory body set up in April 2000 under the Public Finance and Accountability (Scotland) Act 2000. It provides services to the Auditor General for Scotland and the Accounts Commission. Together they ensure that the Scottish Government and public sector bodies in Scotland are held to account for the proper, efficient and effective use of public funds.

# Clàr-amais

<b>Toradh a' choimisein</b>	<b>3</b>		
<b>1. Dè tha anns an sgrùdadh DL2?</b>	<b>5</b>	<b>5. Dè tha fa-near dhan chomhairle is a cuid chom-pàirtichean airson na Gàidhealtachd?</b>	<b>15</b>
<b>2. Gearr-chunntas air measadh dèanadais</b>	<b>9</b>	<b>6. Dè an t-adhartas?</b>	<b>20</b>
<b>3. Rudan a ghabhas leasachadh</b>	<b>11</b>	<b>7. Dè seòrsa leasachadh a bhios dùil ris on chomhairle?</b>	<b>33</b>
<b>4. An co-theacs ionadail</b>	<b>12</b>	<b>Leasachan 1</b>	<b>39</b>



# Toradh a' choimisein

1. Tha Coimisean nan Cunntasan a' gabhail ris an aithisg seo o Smachdaiche nan Sgrùdaidhean air dèanadas Comhairle na Gàidhealtachd a thaobh a dleastanasan achdail airson deagh luach is planadh coimhearsnachd. Tha an Coimisean a' gabhail ri breithneachadh an Smachdaiche gu bheil a' Chomhairle a' dol am feabhas a thaobh nan dleastanasan seo agus gu bheil i comasach air barrachd leasachaidh san àm ri teachd.
2. Bu toigh leis a' Choimisean taing a thoirt dha na buill thaghte, dhan àrd-oifigear ghnìomha is do dh'oifigearan eile na Comhairle is a cuid chom-pàirtichean a thaobh na taice a thug iad do sgioba an sgrùdaidh, gu h-àraid an dòigh bhrosnachail air a dhèilig i ri dreuchd mar sgìre threòrach air Deagh Luach 2. Bu toigh leis a' Choimisean aideachadh cuideachd gun deach an aithisg seo a stèidheachadh air co-obrachadh dlùth le co-obraichean o bhuidhnean-sgrùdaidh eile an riaghaltais ionadail.
3. Tha ceannardas poileataigeach is stiùireach làidir na bhuannachd dhan Chomhairle. Tha sinn a' cur fàilte shònraichte air an fhianais a sheallas gu bheil na buill thaghte a-nis a' solar ceannardas coimhearsnachd is stiùireadh ro-innleachdail soilleir is cunbhalach, an dà chuid a' dèiligeadh ri cùisean ionadail is co-amasan a thaobh prìomh chùisean na coimhearsnachd air fad. Tha an Coimisean toilichte gun tug na structaran comataidh is an rian stiùiridh a chaidh atharrachadh comas dhan cheannardas piseach a thoirt air fhèin thairis air na bliadhnaichean a chaidh seachad rè ùine atharrachaidh phoileataigich.
4. Tha a' Chomhairle a' cur fòcas mòr air cùisean a tha cudromach do mhuintir an àite, a' libhrigeadh deagh sheirbheisean san fharsaingeachd is a' dèanamh deagh adhartas a thaobh libhrigeadh de thoraidhean nas fhèarr còmhla ris a cuid chom-pàirtichean a fhreagras ri feum nan iomadh coimhearsnachd aice. Tha na custamairean is na saoranaich gu math riarachtaiche leis na seirbheisean is a' fàs nas riarachtaiche fhathast san fharsaingeachd. Tha feum air grunn rudan fhathast leithid obair shòisealta nan inbheach is smachdachadh cùl-fhiachan an taigheadais.
5. Tha a' Chomhairle ag obair gum math còmhla ris a cuid chom-pàirtichean aig an ìre ro-innleachdail. Tha an Coimisean a' cur fàilte air an fhianais a sheallas com-pàirteachasan buadhach is air a' chom-pàirteachas ghnìomhach is a' cheannardas coimhearsnachd a bheir na buill thaghte is na h-oifigearan àrd-rangach seachad air iomadh dòigh.
6. Tha an Coimisean a' cur fàilte air an fhianais a sheallas gun do rinn a' Chomhairle fìor adhartas ann an leasachadh nan rudan a chomharraich a' chiad sgrùdadh air Deagh Luach ann an 2006. Chaidh cultar de shìor-leasachadh a chur an sàs na bu doimhne agus a' Chomhairle glè mhothachail a-nis air na dh'fheumas i leasachadh a thaobh ais-mholadh o na coimhearsnachdan.
7. Tha sinn a' cur fàilte air an fhianais a sheallas gu bheil a' Chomhairle mothachail, is ag obair air, na dùbhlain a thaobh planadh ionmhasail san àm ri teachd. Tha sinn a' brosnachadh dhan

Chomhairle piseach a thoirt air a comasan stiùireadh dèanadais agus dèanamh cinnteach gu bheil gleusan èifeachdach aice a dhearbhas luach an airgid 's a bheir dhi deagh sgrùdadh air roghainnean. Tha seo riatanach gun urrainn dha na buill thaghte co-dhùnaidhean cho èifeachdach 's a ghabhas a dhèanamh aig àm bhuidseadan teanna. Tha sinn a' moladh cuideachd gum feuch a' Chomhairle piseach a chur air a' chonaltradh leis a' phobal, gu sònraichte air an dòigh air a sheallas i luach an airgid dhaibh na seirbheisean.

8. Tha sinn a' cur impidh air a' Chomhairle adhartas èiginn a dhèanamh a thaobh ath-sgrùdadh nan tuarastalan, teirmichean is cumhaichean agus fustglaidhean a lorg air seann duilgheadasan a dh'èirich à seann stuctaran roinneil is sgìreil na comhairle roimhe. Tha feum air a bhith ann o chionn grunn bliadhna 's tha e na chunnart ionmhasail is do mhisneachd an luchd-obrach. Tha sinn a' moladh dhan Chomhairle cuideachd gun leasaich i na pròiseasan stiùireadh an luchd-obrach - mar eisimpleir le bhith dèanamh cinnteach gun tèid pròiseasan air fastadh is stiùireadh neo-làithreachd fhilleadh a-steach do shiostam nan goireasan daonna.
9. Cuiridh na cùisean a chaidh a chomharradh san aithisg seo ri Plana Dearbhachd is Leasachaidh a chum sgrùdadh Comhairle na Gàidhealtachd thairis air na trì bliadhna seo tighinn. Cumaidh sgiobannan sgrùdaidh is modh-sgrùdaidh sùil air adhartas. Mhothaich an Coimisean ris na rinn a' Chomhairle a thaobh Caithness Heat and Power 's tha dùil aige ri aithisg fa leth.

# 1. Dè tha anns an sgrùdadh DL2?

## Deagh Luach 2

Chaidh uallach achdail airson deagh luach a chur an sàs ann an riaghaltas ionadail le Achd an Riaghaltais Ionadail ann an Alba 2003. Mar thoradh air, chum Coimisean nan Cunntasan co-chomhairleachadh air is chuir e an sàs sgrùdaidhean air deagh luach is planadh coimhearsnachd. Dh'fhoillsich an coimisean a' chiad sreath de dh'aithisgean sgrùdaidh air deagh luach anns gach aon dhe na 32 sgìre ann an Alba. 'S e Audit Scotland a nì na sgrùdaidhean air deagh luach as leth Coimisean nan Cunntasan.

1. 'S e Deagh Luach 2 (DL2) an ath-cheum dhen sgrùdadh air deagh luach. Dh'atharraich an dòigh air a thèid a dhèanamh gu mòr on chiad cheum a stèidhich slat-tomhais bhunaiteach airson dèanadas nan comhairlean Albannach. Ach thathar ga dhèanamh 's aithriseadh air fon dearbh fhrèam laghail. Gu sònraichte, tha sgrùdaidhean DL2:
  - nas co-rèiriche 's stèidhichte air riosgan; 's ciall dha sin gum bi gnìomhan sgrùdaidh anns gach comhairle ionadail nas fhreagarraiche dha na cùisean sònraichte a tha nan dùbhlain dhan chomhairle 's a chuid chom-pàirtichean
  - stèidhichte air co-phròiseas measadh chunnartan a tha a' gabhail a-steach co-obraichean o bhuidhnean-sgrùdaidh eile an riaghaltais, gu h-àraid Buidheann-Sgrùdaidh A Mòrachd air Foghlam (BAMF), Buidheann-Sgrùdaidh air Obair Shòisealta (SWIA), Smachdaiche Taigheadas na h-Alba (SHR), an Coimisean-Cùraim agus Leasachadh Càileachd SNS ann an Alba
  - fòcas nas motha air buaidh is toraidhean
  - air a dhealbhadh gus sealladh nas cruinne a thoirt air obair com-pàirteachais ann an sgìre ionadail is a' bhuidhnean a tha aice.
2. Tha DL2 na phàirt chudromach dhe na sgrùdaidhean air comhairlean ann an Alba san fharsaingeachd. 'S e DL2 a thèid a chleachdadh leis na buidhnean-sgrùdaidh ann an Alba gus measadh aontaichte is corporra a chumail sna comhairlean. Bidh Audit Scotland ag obair gu dlùth ri buidhnean-sgrùdaidh eile gus pròiseas co-mheasadh chunnartan airson a h-uile 32 chomhairle a dhèanamh. Leis a-sin, 's urrainn dhuinn beachdachadh air an ìre sgrùdaidh a dh'fheumas gach comhairle 's dè cho mionaideach 's a bhios e 's na fòcasan a bu còir a bhith againn. 'S urrainn dhuinn an uairsin Plana Barantais is Leasachaidh (PBL) a dhèanamh do gach comhairle. Minichidh am plana seo cò na buidhnean-sgrùdaidh a nì sgrùdadh air a' chomhairle sna trì bliadhna a-mach on Ghiblean 2010 's cuin a sgrùdaicheas iad a' chomhairle.
3. As dèidh co-chomhairleachadh mu na molaidhean airson DL2, dh'iarr Coimisean nan Cunntasan air Audit Scotland sgrùdaidhean DL2 a chur ri chèile tro àireamh de sgrùdaidhean treòrach. Bheir iad dealbh san fharsaingeachd air leasachadh nan sgrùdaidhean DL2 eile.

4. Thagh Coimisean nan Cunntasan 5 comhairlean gus sgrùdaidhean ‘treòrach’ a dhèanamh, a’ cur fo dheuchainn grunn rudan a chaidh a mholadh airson DL2. Tha comhairlean de dhiofar cruinn-eòlas, meud is sgìrean cathaireach/dùthchail nam measg:
  - Comhairle Aonghais
  - Comhairle Cathair Dhùn Dèagh
  - Comhairle Siorrachd Inbhir Àir an Ear
  - Comhairle na Gàidhealtachd
  - Comhairle Crìochan na h-Alba.
5. Tha Coimisean nan Cunntasan a’ dèanamh sgrùdadh air pròiseasan treòrach DL2 ’s cuiridh e na toraidhean gu feum gus na sgrùdaidhean aice a ghrinneachadh mus tèid DL2 a chleachdadh air feadh na dùthcha aig deireadh 2010.
6. Leis gur e gleus sealach a bha sa cho-phlanadh sgrùdaidh ann an 2009, chaidh an sgrùdadh treòrach DL2 a dhèanamh ri taobh sgrùdaidhean eile ris a bha dùil. Ghabh seo a-steach na leanas ann an sgìre Comhairle na Gàidhealtachd: pileat air Fèin-Mheasadh Dearbhaichte air seirbheisean foghlaim còmhla ri BAMF mar a dh’aontaich a’ chomhairle ’s sgrùdadh air deagh luach Poileas a’ Chinn a Tuath eadar Coimisean nan Cunntasan is HMICS. Far an do ghabh seo a dhèanamh, chaidh am pìos mu dheireadh seo amaladh a-steach ann an gnìomhan treòrach DL2.

## Co-mheasadh chunnartan is sgòp an sgrùdaidh DL2 air Comhairle na Gàidhealtachd

7. Gus sgòp an sgrùdaidh DL2 a dhealbhadh, rinn sinn co-mheasadh air riosgan Comhairle na Gàidhealtachd còmhla ris na buidhnean-sgrùdaidh. Chaidh a dhèanamh cinnteach mar sin gun robh an dòigh-sgrùdaidh againn air deagh luach co-rèireach is stèidhichte air riosgan, le fòcas air na raointean far an cuireadh am pròiseas sgrùdaidh an luach a bu mhotha ris. Bha dòigh-obrach na comhairle fhèin air fèin-mheasadh na phàirt dhen pròiseas seo. Chaidh sùil eile a thoirt air a’ cho-mheasadh riosgan a rinneadh san Ògmhios is san Iuchar 2009 is chaidh ùrachadh aig toiseach 2010 mar phàirt de sgaoileadh pròiseas co-mheasadh riosgan gun 32 chomhairle gu lèir ann an Alba. Thathar a’ cur a-steach nan adhbharan a lorg sinn san aithisg DL2 seo do PBL na comhairle ’s thèid crìoch a chur air sa Ghiblean 2010.
8. Lorg am measadh riosgan againn rudan a bha a’ chomhairle math air is tha an obair sgrùdaidh a’ coimhead orra mar raointean a dh’fhaodadh a bhith nan eisimpleirean de dheagh chleachdadh. Mheas am mion-sgrùdadh buadhachd na h-obrach chom-pàirteach aig ìre ionadail is ro-innleachdail is buaidh fhòraman nan roinnean-taghaidh a chum com-pàirteachas leis na coimhearsnachdan ionadail. Chomharraich e cuideachd raointean de chleachdadh adhartach a thaobh na dòighe air a dhèiligheas a’ chomhairle ri cùisean so-sheasmhachd, leithid dìon na h-àrainneachd.
9. Bheachdaich am mion-sgrùdadh cuideachd air buaidh nan atharrachaidhean air cuspairean poileataigeach is stiùireach is dè cho soirbheachail ’s a nì a’ chomhairle na leanas:



- mar a chothromaicheas i amasan corporra is ionadail
- mar a chleachdas i na goireasan aice gu ro-innleachdail gus a prìomhachasan a thoirt gu buil
- mar a thionndaidh i shìor-leasachadh na phàirt dhen chultar corporra aice
- mar a chumas i fios ris na daoine dè cho math 's a tha i a' dèanamh (na h-Aithisgean air Dèanadas Poblach (ADP) aice)
- mar a chleachdas i fiosrachadh mu dèanadas gus droch sheirbheisean a lorg 's a leasachadh.

Sgrùdaich sinn cuideachd dè cho math 's a tha a' chomhairle a' coileanadh nan riatanasan a thaobh laghan co-ionannachd 's a' libhrigeadh toraidhean.

10. B' urrainn dhuinn cudrom a chur air na puingeann ann an earrannan 9 is 10 gu h-àrd is sinne air crìoch a chur air a' mheasadh riosgan airson an sgrùdaidh DL2. 'S iad seo na prìomh adhbharan againn:

- Tha Comhairle na Gàidhealtachd a' dèanamh adhartas a thaobh rudan a bha feumach air leasachadh a-rèir na ciad sgrùdadh air deagh luach is tha prògraman leasachaidh an sàs aice.
- Tha prìomhachasan soilleir aice a fhreagras ri feum na Gàidhealtachd.
- 'S urrainn dhi sealltainn gu bheil i a' dèanamh adhartas a thaobh a geallaidhean sa phlana corporra 's sa Chòrdadh Aon-Amasach (CAA).
- Tha na siostaman is pròiseasan stiùiridh corporra aice slàn san fharsaingeachd.
- Tha i a' cleachdadh pròiseasan ath-sgrùdaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil i a' sìor-leasachadh nan seirbheisean agus is urrainn dhi sealltainn gu bheil i a' dèanamh adhartas a thaobh grunn phlanaichean gnìomha.
- Thug an sgioba-sgrùdaidh on taobh a-muigh againn an aithisg dheireannach airson 2008/09 dha na buill thaghte is do Smachdaiche an Sgrùdaidh san Dàmhair 2009 's i a' dèiligeadh ri iomadh cuspair a thaobh deagh luach.
- Bha fèin-mheasadh na comhairle 's na rudan a nochd sa cho-mheasadh riosgan againn fhìn cha mhòr co-ionnan.

## Mun aithisg sgrùdaidh seo

11. Chaidh a' chiad aithisg air deagh luach am broinn Comhairle na Gàidhealtachd fhoillseachadh sa Ghiblean 2006. Chunnaic Coimisean nan Cunntasan gun robh a' chomhairle glè làidir a thaobh rudan mar chom-pàirteachas na coimhearsnachd, a bhith ag obair gu dlùth ris a' choimhearsnachd 's a ghabhail ri beachdan uaipe, co-obrachadh stèidhichte le raon nan saor-thoileach, SNS is com-pàirtichean eile 's riarachas a' phobaill leis na seirbheisean a' dol an àirde. Chunnacas gun robh cultar de shìor-leasachadh 'an impis nochdaidh'. Chuir am Coimisean an cèill an uairsin gu bheil feum air stiùireadh corporra nas làidire o na comhairlichean ged a tha a' chomhairle a' libhrigeadh fuasglaidhean freagarrach is buadhach air duilgheadasan nan daoine gu tric.

12. Chaidh an sgrùdadh DL2 a dhèanamh air a' Ghàidhealtachd eadar an t-Ògmhios is an Dùbhlachd 2009, ùine sgòpaidh is measaidh riosgan tùsail eadar an t-luchar 's an Lùnastal is obair mhionaideach an sgrùdaidh eadar an t-Sultain 's an Dàmhair 2009. Dh'obair sinn gu dlùth còmhla ris na daoine o na buidhnean-sgrùdaidh ann am measadh riosgan a tha co-cheangailte ris a' chomhairle.

## Taing

13. Bu toigh leinn taing a thoirt airson co-obrachadh is taic a fhuair an sgioba sgrùdaidh on Chomhairliche Sandy Park - Cathraiche, an Comhairliche Michael Foxley - Ceannard na Rianachd, Alastair Dodds - Àrd-Oifigear Gnìomha, Carron NicDhiarmaid - Ceannard Poileasaidh is Dèanadais is o gach ball taghte is luchd-obrach eile a bha an sàs ann. Tha sinn taingeil do luchd-ionaid nam buidhnean coimhearsnachd is com-pàirtichean planadh coimhearsnachd na comhairle cuideachd a dh'aontaich ri pàirt a ghabhail san sgrùdadh. Bu toigh leinn taing shònraichte a thoirt dhan chomhairle 's i cho togarrach mar threòraiche airson sgrùdadh DL2.

## 2. Gearr-chunntas air measadh dèanadais

Tha ceannardas poileataigeach 's stiùireach làidir na comhairle, ri taobh gleusan poileataigeach 's stiùireach nas fhearr, a' solar fòcas ro-innleachdail soilleir is ceannardas coimhearsnachd buadhach airson an raoin fharsaing de choimhearsnachdan ann. Tha a' chomhairle ag obair gu buadhach leis na com-pàirtichean aice, a' cumail co-chomhairleachaidhean 's ag èisteachd ris na coimhearsnachdan a fhrithéalas i. Tha i a' solar deagh sheirbheisean san fharsaingeachd a fhreagras ris na coimhearsnachdan ionadail is tha a cuid chustamairean glè riarachta. Tha a' comhairle a' dèanamh adhartas le libhrigeadh is leasachadh thoraidhean còmhla ris na com-pàirtichean aice.

Ghabh a' chomhairle ri grunn ghleusan gus a dèanadas a leasachadh is rinn i deagh adhartas a thaobh nan rudan a bha ri an leasachadh a-rèir a' chiad sgrùdaidh air deagh luach ann an 2006. Tha i mothachail dha na rudan a dh'fheumas leasachadh is thathar gan leasachadh nas luaithe a-mach o 2007. Ge-tà, faodaidh na dòighean a chleachdas i gus dèanadas a leasachadh a bhith nas buadhaiche 's le buaidh nas mhotha ma bhios i nas co-òrdanaichte 's prìomhachasan nas fhearr ann. Tha deagh smachd ionmhasail aig a' chomhairle 's tha deagh eachdraidh aice ann an stiùireadh gnìomhach a' bhuidseid aice. Feumaidh i tuilleadh a dhèanamh gus sealltainn dha na coimhearsnachdan ionadail gu bheil i a' solar seirbheisean air deagh luach an airgid.

### Gearr-chunntas nan co-dhùnaidhean

14. Tha am measadh DL2 air dèanadas a' toirt breith air dà dhimeinsean de dhèanadas na comhairle mar a chithear gu h-ìosal. Gheibhear mìneachaidhean nas mionaidiche air gach roinn ann an Leasachan 1.
15. Tha astar an atharrachaidh is an t-slighe aig Comhairle na Gàidhealtachd math 's tha a' chomhairle a' sealltainn gu bheil i **a' dol am feabhas gu math**. Gu sònraichte, 's urrainn dhi sealltainn:
  - lèirsinn shoilleir airson na Gàidhealtachd, an cumantas leis na com-pàirtichean aice 's gu bheil iad air an deagh mhìneachadh ann am planaichean ro-innleachdail
  - gun do neartaich rèiteachadh poileataigeach is stiùireach ùr an t-obrachadh corporra 's gun do lughdaich e neo-chunbhalachd eadar ochd seann sgìrean na comhairle fhad 's a thathar a' glèidheadh fòcas is dearbh-aithne ionadail.
  - gu bheil a' chomhairle 's na com-pàirtichean aice a' leasachadh nan seirbheisean airson a cuid choimhearsnachdan
  - gu bheil i a' solar deagh sheirbheisean san fharsaingeachd, mothachail dha na coimhearsnachdan ionadail
  - gu bheil i a' leasachadh dèanadas ann an seirbheisean cudromach, leithid foghlaim is dìon na cloinne
  - gu bheil riarachas leis a' chomhairle 's a cuid sheirbheisean àrd 's a' fàs nas fhearr

- gu bheilear a' dèanamh deagh adhartas ann an leasachadh dhe na thog a' chiad sgrùdadh air deagh luach ann an 2006 's gu bheilear gan leasachadh aig deagh astar a tha a' fàs nas luaithe a-mach o 2007.

16. Tha Comhairle na Gàidhealtachd **glè chomasach gus barrachd piseach a thoirt san àm ri teachd.**  
Tha:

- ceannardas làidir, soilleir is cunbhalach aice a chomharraicheas prìomhachasan na sgìre
- rian stiùiridh poileataigeach buadhach aice, rianachd a tha ag obair gu cunbhalach is èifeachdach 's luchd-dùbhlain bhuadhach
- structaran sna roinnean-taghaidh a tha nan deagh bhun-stèidh airson marasgladh is sgrùdadh math, ag obair gu dlùth is buadhach leis na coimhearsnachdan ionadail is a' libhrigeadh prìomhachasan na sgìre am broinn frèama a tha nas corporra.
- i air obair com-pàirteachais buadhach a dhealbhadh is rinn i sìor-adhartas ann an libhrigeadh toraidhean ro-innleachdail ionadail iom-fhillte thairis air raointean còmhla ris a com-pàirtichean is deagh dhèanadas seirbheise san fharsaingeachd
- rian làidir an sàs gus smachd a chumail air goireasan, ged a tha feum air leasachadh ann an stiùireadh nam maoin chorporra, planadh an luchd-obrach is nochdadh co-fharpaiseachd a thaobh nan dòighean air a libhrigeas i seirbheisean san t-suidheachadh eaconamach seo
- rianan air a dheagh leasachadh aice a chum brosnachadh so-sheasmhachd agus is urrainn dhi sealltainn gu bheil i a' dèanamh deagh adhartas a thaobh nan toraidhean
- i air deagh phròiseasan is structaran a chur an sàs gus an clàr-gnothaich co-ionannachd a bhrosnachadh
- cultar de shìor-leasachadh aice a tha a' fàs nas làidire 's tha i gu math mothachail dha na rudan a tha feumach air leasachadh fhathast.

# 3. Rudan a ghabhas leasachadh

17. Rinn Comhairle na Gàidhealtachd deagh adhartas ann an leasachadh nan rudan a chomharraich a' chiad sgrùdadh air deagh luach ann an 2006. Tha a' chomhairle a' sealltainn gu bheil i gu math mothachail dha na rudan a dh'fheumas leasachadh fhathast is iomadh eileamaid de chultar sìor-leasachaidh buadhach aice. Ghabh i ri iomadh gleus gus dèanadas a leasachadh, leithid ath-sgrùdaidhean air deagh luach, am prògram leasachaidh corporra aice 's grunn mhodailean fèin-mheasaidh. Dh'fhàs rudan na b' èifeachdaiche 's na b' fhèrr nan cois. Ach feumaidh a' chomhairle:

- dèanamh cinnteach gu bheil a' cur prìomhachasan na h-obair leasachaidh 's gu bheil co-òrdanachadh èifeachdach ann am broinn frèam leasachaidh san fharsaingeachd gus dèanamh cinnteach gum faighear a' bhuidh as motha 's gus sealltainn mar a tha na gleusan aice airson stiùireadh dèanadais a' brosnachadh leasachadh
- piseach a thoirt, còmhla ris a cuid chom-pàirtichean, air stiùireadh dèanadais ann an toraidhean nan CAA tro leasachadh de mharasgladh nas fhèrr, dùbhlain is gleusan aithris
- gleusan nas buadhaiche a chur an sàs is a bhith nas cunbhalaiche 's dùbhlanaiche 's i a' measadh nan roghainnean a thaobh deagh luach airson coimhearsnachdan ionadail is a' mìneachadh nan roghainnean a chaidh a dhèanamh
- astar an atharrachaidh a luathachadh ann an cuid dhe na pròiseactan airson leasachadh na h-obrach corporra, gu h-àraid a thaobh cur an sàs siostaman nan goireasan daonna, obrachadh gluasadach is sùbailte 's com-pàirteachadh nan custamairean
- an conaltradh eadar na com-pàirteachasan ro-innleachdail is ionadail a neartachadh 's ath-sgrùdadh a dhèanamh air na rianan com-pàirteachais gus na toraidhean CAA a libhrigeadh
- dèanadas a leasachadh ann an cuid dhe na seirbheisean, mar eisimpleir ann an obair shòisealta inbheach is stiùireadh de mhàl gun dioladh ann an taigheadas na comhairle.

## 4. An co-theacs ionadail


Tha sgèile, cruinn-eòlas is atharrachadh sluaigh na Gàidhealtachd nan dùbhlain is cothroman mòra dhan dòigh air a libhrigeas a' chomhairle 's a cuid chom-pàirtichean seirbheisean. Dh'atharraich rianan poileataigeach is stiùireach Comhairle na Gàidhealtachd gu mòr o 2007. Chuidich seo a' chomhairle 's stiùireadh nas soilleire, nas cunbhalach aice a-nis is dòigh nas fhèrr air a nì i gnothaichean a chum leas na Gàidhealtachd.

### A' Ghàidhealtachd

18. 'S sgìre na Gàidhealtachd an sgìre as motha a thaobh fearainn eadar na h-ùghdarrasan ionadail ann an Alba, le 33% de thìr na h-Alba innte is a' gabhail a-steach 14 eileanan far a bheil daoine a' fuireach (Clàr 1). Tha sluaigh de 219,400 a' fuireach ann, 's e sin 4.2% de shluaigh na h-Alba. Dh'fhàs a sluaigh le 4.3% sna deich bliadhna seo chaidh, na bu luaithe na rèat fàs ann an Alba air fad. Tha tuairmse an t-sluaigh a' cur nar sùilean gum fàs an sluaigh innte le 18% eadar 2008 is 2033, le sluaigh nan daoine a leig dhiubh an dreuchdan a' fàs fada nas àirde na cuibheas na h-Alba. Tha an sluaigh sgapte, le cha mhòr trì cairteal dheth a' fuireach ann an sgìrean tìreil is 26% ann an sgìrean 'air leth aonaranach'.

### Clàr 1

#### Sgìre Comhairle na Gàidhealtachd



Tùs: Audit Scotland.

19. Tha a' Ghàidhealtachd a' dèanamh math an coimeas ri beatha sa chorr de dh'Alba.
- Gnìomhachd eaconamach is easbhaidh: tha cuibhreann nas motha dhe na daoine aig aois obrach ri gnìomhachd eaconamach. Tha cion-cosnadh 's cion-cosnadh buan nas ìsle na an cuibheas. Tha cuibhreann nan daoine a gheibh sochairean taigheadais is sochairean o Roinn na h-Obrach is nam Peinnsean, a' gabhail a-steach sochairean neo-chomasach is taic cosnadh, nas ìsle na an cuibheas, ged a tha e a' dol am meud.
  - Coileanadh foghlaim: tha seo nas àirde air a' Ghàidhealtachd na cuibheas na h-Alba 's tha àireamh nan daoine nach eil ri foghlam, cosnadh no ri trèanadh (CFCT) nas ìsle.
  - Slàinte: tha dùil beatha nas àirde air a' Ghàidhealtachd na tha e ann an Alba san fharsaingeachd. Tha àireamh nan daoine sna h-ospadalan air sgàth mì-chleachdadh dhruagaichean gu math ìseal is tha àireamh nan deugairean a ghabh ri clann nas ìsle na cuibheas na h-Alba.
  - Eucoir is mì-rian: tha àireamh nan eucoirean is coirean clàraichte beagan nas ìsle na cuibheas na h-Alba 's tha rèataichean fuasglaidh nas àirde.
20. Tha a' Ghàidhealtachd nas miosa an coimeas ris a' chorr de dh'Alba ann an cuid de rudan.
- Gnìomhachd eaconamach is easbhaidh: tha teachd an tìr cuibheasach nas ìsle na cuibheas na h-Alba le 5% is tha pròifil an luchd-obrach gu math eadar-dhealaichte. Tha cuibhreann nas motha de dhaoine air a' Ghàidhealtachd ag obair ann an seirbheisean a tha co-cheangailte ri turasachd na san chorr de dh'Alba 's tha gnìomhachas beag a' riochdachadh 93% dhen gnìomhachas sa sgìre. Tha 16 sgìre dàta - sgìrean a thathar a' cleachdadh gus measadh is coimeas a dhèanamh air uireasbhaidh - sa 15% dhe na sgìrean as uireasbhaidheach ann an Alba (an 16mh cuibhreann as motha ann an Alba) is tha 29% dhe na daoine air a' Ghàidhealtachd a' fulang o chion connaidh.
  - Còmhfhail is inntigeadh do sheirbheisean: le cruinn-eòlas na sgìre, tha cion inntigidh - na chosgais e a thaobh airgid, tìde is mì-ghoireas gus inntigeadh fhaighinn do sheirbheisean bunaitich - nas àirde na a' chuid as motha dhe na h-ùghdarrasan ionadail ann an Alba. Tha 43% dhe na sgìrean dàta air a' Ghàidhealtachd am broinn nan 15 sgìrean sa cheudad dhe na sgìrean as miosa a thaobh cion inntigidh ann an Alba. Chan eil ann ach 4 ùghdarrasan ionadail eile aig a bheil cion inntigidh nas àirde.
  - Taigheadas air prìs reusanta: tha seilbheachd taigheadais is taighean air mhàl prìobhaideach nas cumanta air a' Ghàidhealtachd na ann an Alba 's tha prìsean nan taighean nas àirde na cuibheas na h-Alba
  - Slàinte: tha àireamh nan daoine sna h-ospadalan air sgàth mì-chleachdadh dighe làidir fada nas àirde na cuibheas na h-Alba.

## A' chomhairle

21. Tha 80 ball taghte air Comhairle na Gàidhealtachd 's iad a' riochdachadh 22 roinn-taghadh aig a bheil barrachd air aon bhall. A thaobh riochdachaidh phoileataigich, tha buidheann de 25 neo-eisimeilich ann, 22 Dheamocratach Libearalach, 17 buill Pàrtaidh Nàiseanta na h-Alba (PNA), 7

Làbaraich, 5 buill sa bhuidheann neo-eisimeileach is 4 buill ann am Buidheann a' Chaidreachas Neo-Eisimeileach.

22. Thàinig Pàrtaidh Nàiseanta na h-Alba (PNA) 's Neo-eisimeilich còmhla as dèidh nan taghaidhean ionadail sa Chèitean 2007 mar rianachd is dhealbh iad prògram sa bheil 98 geallaidhean. Ghèill buill PNA an dreuchdan san Ògmhios 2008 is thàinig rianachd ùr còmhla as dèidh briseadh an t-samhraidh san Lùnastal 2008 is tha i a' stiùireadh na comhairle fhathast. Tha buill a' Bhuidhinn Neo-Eisimeilich, nan Deamocrataich Libearalaich is nan Làbarach san rianachd seo. Chaidh am prògram aca, 'A' neartachadh na Gàidhealtachd', aontachadh leis a' chomhairle san t-Sultain 2008 is ath-sgrùdadh san t-Sultain 2009. Chaidh frèam dèanadais air a shon aontachadh san Dàmhair 2008 is ùrachadh san Dàmhair 2009. Tha 112 ghealladh ann, a' dèiligeadh ri clann is teaghlachan, coimhearsnachdan is seann daoine, an eaconamaidh, an àrainneachd is seirbheisean poblach nas èifeachdaiche is buadhaiche.
23. Tha an rianachd roimhe is an tè làithreach ag aontachadh san fharsaingeachd air prìomhachasan poileataigeach na Gàidhealtachd. Tha na prògraman rianachd a' dèiligeadh ri iomadh cùis is prìomhachas a tha ann an cumantas eadar an dà 's mar sin, tha leantainneachd ann airson nan com-pàirtichean is an luchd-obrach ann an libhrigeadh nam prìomhachasan is amasan mòra.
24. Dh'aontaich a' chomhairle ri structaran comataidh ùra sa Chèitean 2007 is tha e a' dèiligeadh ri obair tro 7 comataidhean ro-innleachdail a-nis: Goireasan; Foghlam, Cultar is Spòrs; Taigheadas is Obair Shòisealta; Planadh, an Àrainneachd is Leasachadh; Còmhdhail, an Àrainneachd is a' Choimhearsnachd; Comataidh na Gàidhlig is Comataidh Sgrùdaidh is Modh-Sgrùdaidh far a bheil ball dhen luchd-dùbhlain na chathair. A bharrachd air sin, tha Co-Chomataidh airson na Cloinne is Daoine Òga ann, còmhla ri SNS 's buidhnean-obrach ro-innleachdail airson Atharrachadh na h-Aimsire 's airson Ro-Innleachd na Tìre, na h-Àrainneachd is na So-Sheasmhachd. Tha an suidheachadh seo gu math eadar-dhealaichte on rian poileataigeach is stiùireach roimhe a bha dì-mheadhanaichte 's stèidhichte air na 8 sgìrean comataidh a bha stèidhichte air na 8 seann sgìrean comhairle. Tha fòcas air sgìrean aig a' chomhairle fhathast, le cumhachdan tiomnaichte do 3 comataidhean planadh nan sgìrean is 3 comataidhean is bùird ceadachaidh airson gach aon dhe na 3 raointean obrachaidh. 'S iad seo *Gallaibh, Cataibh is Ros an Ear, Ros, an t-Eilean Sgitheanach is Loch Abar is Inbhir Nis, Inbhir Nàrann, Bàideanach is Srath Spè*. Tha comataidh aig a' chomhairle cuideachd airson Cathair Inbhir Nis air a bheil uallach airson 'co-obrachadh le com-pàirtichean a chum brosnachaidh bhuaidhaich is soirbheachas Cathair Inbhir Nis san àm ri teachd is libhrigeadh èifeachdach is buadhach de sheirbheisean dha na saoranaich'. Le structar ùr nan comataidhean seo, tha dòigh-obrach nas ro-innleachdail aig a' chomhairle gus obair a thoirt gu buil air feadh na Gàidhealtachd.
25. Chosg Comhairle na Gàidhealtachd £877 millean air solar nan seirbheisean poblach ann an 2008/09, le £804 millean air seirbheisean teachd a-steach is £73 millean air calpa. Bha caiteachas obrachaidh cruinn de £587 millean aig a' chomhairle ann an 2008/09 is, as dèidh rèiteachaidhean ionadail is achdail gus buaidh nan cosgaisean calpa is leigeil dheth dreuchd a thoirt air falbh, bha a' mhaoin choitcheann £0.7 millean gann ann an 2008/09.



# 5. Dè tha fa-near dhan chomhairle is a cuid chom-pàirtichean airson na Gàidhealtachd?

Tha Comhairle na Gàidhealtachd, a cuid chom-pàirtichean is na coimhearsnachdan ionadail a' faighinn buannachdan o obair com-pàirteachais làidir is tha aonta ann san fharsaingeachd a thaobh prìomhachasan ro-innleachdail na sgìre. Tha lèirsinn shoilleir aca airson na sgìre 's chuir iad an cèill amasan soilleir. Tha an CAA, le taic o phlanaichean ro-innleachdail eile, a' solar frèam soilleir is plana leasachaidh airson nan com-pàirtichean gus na h-amasan aca a ruigsinn.

Tha obair nan com-pàirtichean buadhach is tha a' chomhairle ag obair còmhla ris a cuid chom-pàirtichean gu math gus cothrom com-pàirteachais a thoirt dha na coimhearsnachdan ionadail is fuasglaidhean a lorg airson feuman is draghan ionadail. Tha fòcas làidir ann air na rudan a tha cudromach do mhuintir an àite.

## Dè na prìomhachasan mòra aig a' chomhairle 's a cuid chom-pàirtichean?

26. Tha a' chomhairle, a cuid chom-pàirtichean is na coimhearsnachdan ionadail a' faighinn buannachdan o fheallsanachd com-pàirteachais làidir is tha aonta ann san fharsaingeachd a thaobh prìomhachasan mòra na sgìre. Tha soilleireachd nam prìomhachasan seo a' cuideachadh na comhairle 's a cuid chom-pàirtichean le fòcasan an obrach. Tha na leanas am broinn Bòrd Dèanadais aig Com-Pàirteachas Planadh Comhairle na Gàidhealtachd: a' chomhairle, SNS na Gàidhealtachd, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, Poileas a' Chinn a Tuath, Seirbheisean Smàlaidh is Teasairginn na Gàidhealtachd 's nan Eilean, Dualchas Nàdar na h-Alba is Riaghaltas na h-Alba. Tha fòraman planadh na coimhearsnachd eile ag obair an dà chuid air feadh na Gàidhealtachd 's aig ìre ionadail is tha iad a' gabhail a-steach luchd-riochdachaidh on treas roinn is coimhearsnachdan gnìomhachais, mar eisimpleir fòram na h-àrainneachd, fòram luchd-ùidhe cùram coimhearsnachd is fòraman nan roinnean-taghadh. Chomharraich na com-pàirtichean 53 toraidhean ionadail sa chiad CAA gus taic a chur ris na prìomh amasan. Dh'aontaich na com-pàirtichean 5 prìomh chuspairean is 15 toraidhean ionadail san dàrna CAA aca. Thathar gan cur an cèill ann an [Clàr 2](#). Thathar a' measadh adhartas nan toraidhean seo le 167 taisbeanairean, ri taobh eisimpleirean ionadail de phlanadh coimhearsnachd is buannachdan a thèid a libhrigeadh aig ìre ionadail.
27. Tha a' chomhairle is a cuid chom-pàirtichean a' coimhead air a' CAA mar phlana leasachadh nan seirbheisean poblach air a' Ghàidhealtachd is tha e a' togail air Plana Coimhearsnachd airson na Gàidhealtachd 2004/07. Tha prògram rianachd na comhairle 'A' neartachadh na Gàidhealtachd', am plana corporra aice 's na planaichean seirbheise fa leth a' solar frèam planaidh buadhach 's tha iad a' freagairt ri prìomhachasan nan CAA. Tha seo a' toirt cothrom dhan chomhairle is a cuid chom-pàirtichean fòcas soilleir a chur air solar nan seirbheisean aca. Tha planaichean is ro-innleachdan nan com-pàirtichean a' cur ris na cuspairean a tha air a chur an cèill sa CAA far a bheil sin iomchaidh.

## Clàr 2

### Com-Pàirteachas Planadh Coimhearsnachd na Gàidhealtachd: Prìomh chuspairean is toraidhean

Cuspair T	oraidhean
<b>Coimhearsnachdan so-sheasmhach air a' Ghàidhealtachd</b>	<ol style="list-style-type: none"><li>1. Tha inntrigeadh aig daoine air feadh na Gàidhealtachd dha na seirbheisean a tha a dhìth orra</li><li>2. Tha daoine gan dìon o eucoir, mì-rian is cunnart is a' faireachdainn mar sin</li><li>3. Tha ar coimhearsnachdan a' gabhail pàirt nas motha ann an dealbhadh an ama ri teachd</li><li>4. Tha seirbheisean poblach air a libhrigeadh gu èifeachdach, buadhach is co-cheangailte</li></ol>
<b>A' dìon ar n-àrainneachd</b>	<ol style="list-style-type: none"><li>5. Tha ar dualchas nàdarra ga dhìon is ga leasachadh, is e a' solar buannachdan eaconamach, slàinte is ionnsachaidh</li><li>6. Tha sgaoileadh carboin air lughdachadh is tha coimhearsnachdan gan dìon o bhuidh atharrachadh na h-aimsire</li></ol>
<b>Eaconamaidh fharpaiseach, sho-sheasmhach is shùbailte air a' Ghàidhealtachd</b>	<ol style="list-style-type: none"><li>7. Tha buaidh crìonadh na h-eaconamaidh air a chuingeachadh 's tha taic ann ri fàs so-seasmhach eaconamach</li><li>8. Tha taic ann ri fàs san eaconamaidh fhiosrachaidh le inbhe oilthighe airson ÒGE am broinn 3 bliadhna</li><li>9. Mar thaic ris an eaconamaidh, tha inntrigeadh nas fhearr ann do thaigheadas, còmh-dhail is bann-leathann aig astar àrd</li><li>10. Tha taic ann gus barrachd dhaoine a thàladh gu cosnadh</li></ol>
<b>Gàidhealtachd nas fallaine</b>	<ol style="list-style-type: none"><li>11. Tha dùil beatha air a leasachadh, gu h-àraid airson na feadhainn a tha a' fulaing easbhaidh mhòr</li><li>12. Tha slàinte is neo-eisimeileachd nan seann daoine cho math 's a ghabhas</li><li>13. Dh'atharraich beachdan is làimhseachadh dighe làidir is drugaichean eile 's tha taic ann dhan fheadhainn a tha feumach air a thaobh bacadh ro làimh is seirbheisean slànachaidh nas fhearr</li></ol>
<b>Cothroman nas fhearr airson a h-uile / Gàidhealtachd nas cothromaiche</b>	<ol style="list-style-type: none"><li>14. Tha buaidh bochdainn is ana-chothrom air a lughdachadh</li><li>15. Tha cearcall na h-uireasbhaidheach air briseadh tro ghniomhan aig aois òg</li></ol>

Tùs: Com-Pàirteachas Planadh Coimhearsnachd na Gàidhealtachd CAA 2009

## Dè cho mòr 's a tha am fòcas aca air prìomh dhùbhlain na sgìre is rudan a tha cudromach do mhuinntir an àite?

28. Tha a' chomhairle 's a cuid chom-pàirtichean a' sealltainn gu bheil deagh thuigse aca air dùbhlain is cothroman na sgìre 's chithear sin ann am prìomhachasan nan CAA aca. 'S iad na rudan a leanas dùbhlain na sgìre: slugh a tha a' fàs nas aosta, buaidh crìonadh na h-eaconamaidh air an eaconamaidh ionadail, cothroman obrach is uireasbhaidh. A chionn 's gur e sgìre mhòr iomallach a tha ann le slugh sgapte, tha cuspairean cudromach a' gabhail a-steach leasachadh na còmh-dhalach, inntrigeadh dhaoine do sheirbheisean, taigheadas air pris reusanta is leasachadh na slàinte. Tha ùidh mhòr aca ann an cùisean na h-àrainneachd air sgàth co-theacs is cruinn-eòlas na sgìre.

29. Tha grunn com-pàirteachasan ionadail ann air a' Ghàidhealtachd a tha a' sealltainn com-pàirteachas buadhach a chum leas nan coimhearsnachdan ionadail. Mar eisimpleir, chum Com-Pàirteachas Ghallaibh co-labhairt mhòr far an robh 150 luchd-ùidh cruinn gus deasbad a dhèanamh air plana gus buaidh dì-choimiseanadh an aonaid niùclasaich ann an Dùn Ràtha a mhaothachadh. Tha Com-Pàirteachas Inbhir Nàrann a' dealbhadh ro-innleachd ionadail airson turasachd. Chum Com-Pàirteachas Chataibh co-labhairt san t-Sultain 2009 far an robh ministearan na RA, Riaghaltas na h-Alba is luchd-riochdachaidh nan coimhearsnachdan ionadail an làthair. 'S e am prìomh amas a bha aca cothroman is dùbhlain na sgìre a chomharradh is plana gnìomha is leasachaidh a dhealbhadh le prìomhachasan airson na h-ùine ghoirid, mheadhanach is fhada.
30. Tha a' chomhairle ag obair còmhla ris a cuid chom-pàirtichean gu math gus cothrom com-pàirteachais a thoirt dha na coimhearsnachdan ionadail is fuasglaidhean a lorg airson feuman is draghan ionadail. Tha structaran buadhach aice a bheir cothrom dha na buill thaghte 's na coimhearsnachdan ionadail buaidh a thoirt air taghadh prìomhachasan na comhairle. Bha duilgheadas a thaobh sèimheachadh na còmhhdalach ionadail na eisimpleir dheth 's e na dhealas air feadh na comhairle aig a' cheann thall. Tha structar nan roinnean-taghadh na dheagh chothrom airson buill thaghte, oifigearan is com-pàirtichean gus bruidhinn ris a' mhuintir ionadail is am beachdan a' chur a-steach san àireamh (Clàr 3).
31. Tha a' chomhairle ag obair còmhla ris na coimhearsnachdan ionadail air iomadh dòigh. A bharrachd air fòraman nan roinnean-taghadh, tha fòraman sònraichte ann, can feadhainn airson cùramaichean is luchd-cleachdaidh cùram coimhearsnachd, na h-àrainneachd, inntigeadh ionadail, na h-eaconamaidh is daoine òga. Tha com-pàirteachas ann an cuspairean co-cheangailte ri daoine òga air leth làidir le 'Highland Youth Voice', Cathraiche Òigrìdh air tuarastal, comhairlean oileanach is pàrant beòthail is co-chomhairleachaidhean eadar-ghnìomhach le oileanaich àrd-rangach. Tha a' chomhairle ag obair còmhla ris na comhairlean coimhearsnachd is luchd-riochdachaidh nam buidhnean co-ionannachd cuideachd. Thathar a' cur am meud cothroman com-pàirteachais tro sgeamannan com-pàirteachas mhàladairean is tro prògram Leadar an Aonaidh Eòrpaich ann an coimhearsnachdan tìreil. Tha a' chomhairle a' cur ris na cothroman com-pàirteachais seo le panail shaoranach a thèid a' stèidheachadh sa Ghiblean 2010.
32. Sheall suirbhìdh dèanadas bhliadhnail na comhairle ann an 2009, le buidheann neo-eisimeileach, gu bheil a' chuid as motha dhe na daoine a fhreagair sa bheachd gu bheil a' chomhairle a' solar deagh sheirbheisean ionadail is gu bheil e mothachail do dh'fheuman nan daoine 's gu bheil i a' fàs nas fhèarr anns a bhith ag èisteachd ri muinntir an àite.

---

### Clàr 3

#### Structaran roinnean-taghadh Comhairle na Gàidhealtachd

Tha structaran roinnean-taghadh na comhairle a' brosnachadh obair com-pàirteachais is ceannardas coimhearsnachd buadhach aig ìre ionadail. Tha iad a' toirt deagh chothrom dhan chomhairle 's a cuid chom-pàirtichean airson co-chomhairleachadh le muinntir an àite is beachdan ionadail a chur san àireamh. Tha iad nan gleus feumail cuideachd gus aithris a dhèanamh air dèanadas na comhairle 's a cuid chom-pàirtichean agus gus sgrùdadh a dhèanamh air seirbheisean aig ìre ionadail.

Chuir a' chomhairle structar làithreach nan roinnean-taghaidh air bhonn san Ògmhios 2007, le fòraman air feadh nan 22 roinn-taghaidh. Dh'fhàs na structaran air dòigh 's gu bheil iad a' gabhail a-steach roinnean-taghaidh is coinneamhan gnothaich nan roinnean-taghaidh a-nis. Tha iad gan stiùireadh le manaidsèaran roinnean-taghaidh a nì aithris dha na manaidsèaran corporra am broinn seirbheis an àrd-oifigeir ghniomha.

'S e coinneamhan poblach a tha ann am fòraman nan roinnean-taghaidh 's thèid an cumail ann an cathraichean is bailtean air feadh na roinne-taghaidh suas gu 6 tursan sa bhliadhna. Tha iad gan stiùireadh le buill thaghte na sgìre 's a' gabhail a-steach luchd-riochdachaidh o na comhairlean coimhearsnachd. Bidh buidhnean com-pàirteachais mar am poileas is na seirbheisean smàlaidh ann cuideachd. San fharsaingeachd, tha na fòraman buadhach airson co-chomhairleachadh leis na coimhearsnachdan ionadail is airson coileanadh dleastanas na comhairle a thaobh aithriseadh poblach air a dèanadas, a' toirt cothrom do mhuintir an àite gus sgrùdadh a dhèanamh air a dèanadas 's a cuid chom-pàirtichean. Chaidh fòraman nan roinnean-taghaidh a chleachdadh cuideachd airson co-chomhairleachadh air planaichean is poileasaidhean mar phlana leasachadh na Gàidhealtachd air fad, faothachadh thuiltean is taigheadas. Chaidh an cleachdadh le com-pàirtichean cuideachd. Mar eisimpleir, chleachd SNS na Gàidhealtachd na fòraman airson co-chomhairleachadh air ceistean mu giùlan euslaintich, VisitScotland air turasachd is Uisge na h-Alba air faothachadh thuiltean. Bidh luchd-riochdachaidh on phoileas ann gu cunbhalach gus naidheachdan a sgaoileadh air tèarainteachd na coimhearsnachd.

Chaidh na fòraman a chleachdadh cuideachd airson co-chomhairleachadh le buidhnean sònraichte mar dhaoine òga. Mar eisimpleir, bha sluagh mòr an làthair aig fòram na h-òigridh ann an Loch Abar san Dàmhair 2009. Tha a' chomhairle a' cleachdadh fòraman nan roinnean-taghaidh airson co-chomhairleachadh air buidsead 2011/12 is 2012/13. Tha cothrom aig a' phobal ceistean a chur. Tha rud seasmhach airson a' phobaill sa chlàr-ghnothaich airson seo ach air an latha, bithear a' gabhail ri ceist air puing sam bith air a' chlàr-ghnothaich on phobal.

Bha sluagh math aig fòraman nan roinnean-taghaidh air an tug sinn sùil, le deagh chothroman airson na feadhainn a bha airson bruidhinn no ceistean a chur. Bha iad nan deagh chothrom airson deasbad air diofar beachdan is fhuair na h-oifigearan fiosrachadh a bharrachd o eòlas a' muinntir ionadail. Rinn na buill thaghte is na h-oifigearan a' chùis gu math air na gnothaichean is cha robh iad poileataigeach ach a' cur cudrom air freagairtean do chùisean ionadail.

Bha manaidsèar ionadail na roinne-taghaidh 's buill thaghte de gach roinn-taghaidh an làthair aig coinneamhan gnothach nan roinnean-taghaidh. Bidh oifigearan o sheirbheisean comhairle ionadail an làthair gu tric is gheibh com-pàirtichean cuireadh dhaibh uaireannan gus deasbad a dhèanamh air cùisean co-cheangailte ri seirbheisean ionadail. Mar eisimpleir, bha TransServ an làthair aig coinneamh gnothaichean na roinne-taghaidh ann an Cataibh an Ear is Eadardan san Dàmhair 2009 gus deasbad a dhèanamh air draghan ionadail a thaobh tèarainteachd is càradh nan rathaidean. Chunnacas deasbadan fosgailte air cùisean ionadail aig na coinneamhan far an robh sinne an làthair, stèidhichte air deagh thuigse de dh'fheuman is beachdan na coimhearsnachd. Bha na deasbadan brosnachail is a' cur cudrom air fuasglaidhean is a' brosnachadh deagh dhàimh obrach eadar na buill thaghte 's eadar na h-oifigearan is na buill thaghte.

*Tùs: Audit Scotland.*

---

## Dè cho dian-thograch 's a tha na planaichean leasachaidh?

33. Tha a' chomhairle 's na com-pàirtichean aice a' cur dàta ionadail is fiosrachadh air dèanadas gu deagh fheum nuair a bhios iad ri planadh is a' suidheachadh targaidean. Tha pròiseas nan CAA òg fhathast is tha a' chomhairle 's a cuid chom-pàirtichean ag ath-sgrùdadh 's a' grinneachadh nan targaidean fhathast. Tha targaidean nan CAA is a' phlana chorporra làithrich reusanta, cothromach is stèidhichte air an t-suidheachadh ionadail is dèanadas eachdraidheil.
34. Bu toigh leis a' chom-pàirteachas an dòigh a leasachadh air a chomharraicheas, air a mhìnicheas, air a mheasas is air a libhrigeas e toraidhean. Chomharraich e 7 toraidhean ionadail airson sgrùdadh a

bharrachd, le aon dhe na com-pàirtichean an ceann sgrùdaidh. Tha gach ath-sgrùdadh a' gabhail a-steach beachdachadh is dùbhlachadh na leanas:

- Dòighean co-obrachaidh nan com-pàirtichean.
- Co-amasan nan com-pàirtichean is dè seòrsa de leasachadh a tha iad ag iarraidh o gach toradh.
- Dè a' bhuidh a dh'fhaodadh a bhith aig gach toradh air dleasan na comhairle fo reachdas na co-ionannachd.
- Dè na goireasan, a' gabhail a-steach maoinachadh is sgilean dhaoine, a tha feum air o gach com-pàirtiche gus an toradh a ruigsinn.
- Mar a thèid an toradh a libhrigeadh.
- A' measadh dè cho math 's a tha an toradh.
- An dòigh as fhearr com-pàirteachas nan coimhearsnachdan is daoine le ùidh eile a brosnachadh.
- Dòighean-obrach na comhairle 's a cuid chom-pàirtichean air feadh na sgìre.

## 6. Dè an t-adhartas?

Tha a' chomhairle 's a cuid chom-pàirtichean a' dèanamh deagh adhartas san fharsaingeachd ann an libhrigeadh de thoraidhean leasaichte mar a chaidh a chur an cèill sna CAA. Tha an dàta a tha ann a' cur nar sùilean gu bheil a' dèanamh deagh adhartas a thaobh a' mhòrchuid dhe na toraidhean airson nan coimhearsnachdan ionadail. Tha a' chomhairle 's a cuid chom-pàirtichean mothachail dha na rudan a tha feumach air leasachadh, can Gàidhealtachd nas fhallaine.

Tha a' chomhairle a' solar deagh sheirbheisean san fharsaingeachd a fhreagras ris na coimhearsnachdan ionadail is tha a cuid chustamairean glè riarichte. Tha cothroman airson leasachadh dèanadais ann an cuid dhe na seirbheisean, mar eisimpleir ann an obair shòisealta inbheach is stiùireadh de mhàl gun dìoladh ann an taigheadas na comhairle.

Tha deagh rianan aig a' chomhairle a chum brosnachadh so-sheasmhachd agus is urrainn dhi sealltainn gu bheil i a' dèanamh deagh adhartas a thaobh nan toraidhean Tha i air deagh phròiseasan is structaran a chur an sàs gus an clàr-gnothaich co-ionannachd a bhrosnachadh

### Dè an t-adhartas a chaidh a dhèanamh a thaobh dùbhlain mhòra na sgìre, dè cho math 's a tha seirbheisean na comhairle 's a bheil iad gan leasachadh?

35. Tha a' chomhairle 's a cuid chom-pàirtichean a' dèanamh deagh adhartas san fharsaingeachd ann an coileanadh nan toraidhean leasaichte mar a chaidh an comharradh. Leis an adhartas a tha iad a' dèanamh, tha coltas gun soirbhich leotha le glèidheadh is leasachadh nam prìomhachasan ionadail. Chuir an com-pàirteachas an cèill san aithisg dèanadais CAA1, a bheachdaich a' chomhairle air san t-Samhain 2009, gun robh 59% dhe na taisbeanairean ionadail air leasachadh, gun robh 22% dhiubh gan glèidheadh, gun robh 16% dhiubh air crìonadh is nach robh dàta no slat-tomhais aig 3% dhiubh gus an treandaichean a sgrùdadh. Far a bheil a' chomhairle na phrìomh chom-pàirtiche, bha 62% dhe na taisbeanairean ionadail air a leasachadh, 17% dhiubh gan glèidheadh, 18% dhiubh air crìonadh is cha robh dàta no slat-tomhais aig 3% dhiubh gus an treandaichean a sgrùdadh.
36. Feumaidh a' chomhairle 's a cuid chom-pàirtichean an dòigh air a stiùireas is mharasglaicheas iad dèanadas a leasachadh is tha iad ag obair air a' phuing seo. Chuir iad an sàs buidheann de dh'oifigearan air stiùireadh dèanadais CAA o air feadh a' chom-pàirteachais air a bheil uallach airson co-òrdanachadh fiosrachadh an dèanadais. Tha a' chomhairle cuideachd a' ceannach bathar-bog dèanadais is riosgan a bhios ri làimh nan com-pàirtichean cuideachd.
37. Rinn a' chomhairle aithris air a dèanadais a-rèir a' phlana chorporra is a' phrògram 'A' neartachadh na Gàidhealtachd' san Dàmhair 2009. Chaidh aithris a dhèanamh gun robh 83% dhe na geallaidhean (93 a-mach à 112 uile gu lèir) a' dèanamh adhartas math no a-rèir na targaide airson na h-ùine eadar Giblean 2008 is deireadh a' Mhàirt 2009. Bha an dèanadas meadhanach airson 18 dhe na geallaidhean (16%).
38. Tha dèanadas breac aig a' chomhairle an coimeas ri taisbeanairean dèanadais achdail (TDA). Dh'fhàs an dèanadas na bu mhiosa ann an 23 TDA is na b' fhearr ann an 27 dhiubh eadar 2005/06 is 2007/08 agus is ciall dha seo gun robh an co-mheas leasachaidh de 1.1 fo chuibheas na h-Alba de 1.7. Ge-tà, tha na toraidhean airson 2008/09 a' sealltainn adhartas beag. Rinn a' chomhairle aithris air 57 TDA uile gu lèir san t-Sultain 2009 's bha 18 dhiubh air fàs na b' fhearr is dh'fhan 21 dhiubh far an

robh iad. Bha 10 taisbeanairean air crìonadh is 8 dhiubh air atharrachadh air dòigh 's nach urrainnear coimeas dìreach a dhèanamh. Tha na cho-meas de 1.6 eadar leasachadh is crìonadh, rud a tha a' cur an cèill leasachadh an dèanadais. Bha a' chomhairle sa cheathreamh a b' àirde ann an 2008/09 airson 21 TDA, an coimeas ri 12 dhiubh ann an 2007/08. Lughdaich a' chomhairle àireamh nan TDA a bha sa cheathramh a b' isle cuideachd; o 20 ann an 2007/08 gu 13 ann an 2008/09.

## **Coimhearsnachdan so-sheasmhach air a' Ghàidhealtachd**

39. Tha a' chomhairle 's a cuid chom-pàirtichean a' dèanamh deagh adhartas ann an libhrigeadh de thoraidhean fo chuspair CAA 'Coimhearsnachdan So-Sheasmhach na Gàidhealtachd'. Tha aithisg CAA bhliadhnail 2008/09 air dèanadas a' cur an cèill gun deach dèanadas a leasachadh no a ghlèidheadh aig an dearbh ìre airson 87% dhe na taisbeanairean ionadail 's a chrìonadh airson 11% dhiubh. Cha robh dàta gu leòr ris na taisbeanairean eile airson measadh a dhèanamh air dèanadas.
40. Tha cuspair Coimhearsnachdan So-Sheasmhach na Gàidhealtachd a' cur cudrom air inntrigeadh do sheirbheisean, eucoir, com-pàirteachas na coimhearsnachd is seirbheisean poblach èifeachdach air a libhrigeadh ann an com-pàirteachas. Tha na 16 toraidhean ionadail is na 90 taisbeanair ionadail a tha co-cheangailte riutha a' freagairt ris na toraidhean nàiseanta a thaobh eucorach is mì-rian, coimhearsnachdan so-sheasmhach le inntrigeadh do ghoireasan is seirbheisean, dleastanas is com-pàirteachas na coimhearsnachd is deagh sheirbheisean poblach èifeachdach a fhreagras ri feuman.
41. Chuir a' chomhairle 's a cuid chom-pàirtichean maoinachadh sna sgoiltean ionadail, goireasan coimhearsnachd, ceanglaichean is goireasan còmhhdhalach, sa phoileas is na seirbheisean smàlaidh is sa chian-chonaltradh. Chaidh crìoch a chur air 15 bun-sgoiltean is àrd-sgoiltean ùra le goireasan coimhearsnachd air feadh na Gàidhealtachd. Tha gealladh ann gus 5 taighean-cùraim ùra a thogail ged a tha na molaidhean seo fo ath-sgrùdadh is beachdaichidh a' chomhairle air aithisg sa Chèitean 2010. Chaidh maoinachadh sna rathaidean is drochaidean ro-chudromach an àirde o £0.775 millean sa Mhàirt 2008 gu £2.507 mhillean sa Mhàrt 2009. Cuideachd, chaidh maothachadh a thoirt air a' bhuidhe a tha aig an astar eadar seirbheisean is na sgìrean iomallach cuideachd. Dh'fhàs àireamh nan sgeamannan còmhdhail coimhearsnachd o 17 gu 22 's chaidh bann-leathann a chur a-steach do gach sgoil. Libhrig am Pròiseact Treòrach a Tuath £70 millean de sheirbheisean co-roinnte a thaobh Teicneolas Fiosrachaidh is Conaltraidh (TFC) thairis air 6 ùghdarrasan ionadail. Chaidh maoinachadh nan cidhean is nam port a ghlèidheadh, a' gabhail a-steach pròiseact de £18 millean air cidhe Ratharsair. Chaidh 5 stèiseanan poileis is 3 stèiseanan smàlaidh a thogail.
42. Dh'àrdaich a' chomhairle 's a cuid chom-pàirtichean an stòras taigheadais tron phoileasaidh phlanaidh 's thug seo cothrom dhaibh 3,452 taighean a sholar, le àrdachadh an taigheadais air pris reusanta o 563 sa Mhàrt 2008 gu 815 sa Mhàrt 2009. Leasaich a' chomhairle co-meas nan taighean a fhreagras ris a' Bhun-Tomhas Albannach air Càileachd an Taigheadais (BCTA) o 3% ann an 2007/08 gu 22% ann an 2008/09. Chuir i a-steach plana libhrigidh bun-tomhaichte do Riaghaltas na h-Alba cuideachd a mhìniches am maoinachadh a chomharraich e gus dèanamh cinnteach gun coilean i am BTCA ann am 2015. Ge-tà, tha rudan ann a thaobh seirbheis taigheadais na comhairle a ghabhas leasachadh fhathast. Tha 5 dhe na 9 TDA ris a bheil fiosrachadh treand a' sealltainn

crionadh. Tha iad uile co-cheangailte ri stiùireadh cùl-fhiachan màil. Dh'fhàs cùl-fhiachan làithreach nam màladairean o 7% ann an 2007/08 gu 7.3% ann an 2008/09 mar cheudad de dh'iomlan cruinn màl na bliadhna. Dh'fhàs ceudad nam màladairean làithreach aig an robh 13 seachdainean (no barrachd) de dh'fhiachan aig deireadh na bliadhna o 5.2% ann an 2007/08 gu 5.6% ann an 2008/09. Dh'fhàs cuibhreann nam màladairean a gheill an gabhaltas aca rè na bliadhna 's aig an robh cùl-fhiachan màil o 21.5% ann an 2007/08 gu 23.1% ann an 2008/09. Sa chuibheas, dh'fhàs àireamh nan seachdainean de chùl-fhiachan màil aig màladairean a dh'fhàg o 9.1 seachdainean ann an 2007/08 gu 11 sheachdain ann an 2008/09. Chomharraich a' chomhairle cùl-fhiachan a' mhàil mar adhbhar dragha ann an 2008/09, rinn iad ath-sgrùdadh air an t-seirbheis is dealbh iad plana leasachaidh air cùl-fhiachan a' mhàil.

43. Rinn a' chomhairle is cuid dhe na com-pàirtichean aice adhartas le taic do roinn nan saor-thoileach 's iad air aontachadh ri còrdadh a mhìnichas mar a nithear co-obrachadh. A bharrachd air sin, dh'aontaich a' chomhairle ri seata de phrionnsabailean poileasaidh airson treòrachadh na dàimh ionmhasail leis an roinn. Chaidh adhartas a dhèanamh le taic do choimhearsnachdan gus talamh no seilbheachdan a cheannach a chum leas na coimhearsnachd agus gus àireamh nan coimhearsnachdan a chur am meud a gheibh buannachdan coimhearsnachd o leasachadh so-sheasmhach.
44. Tha a' chuid as motha de thoraidhean tèarainteachd nan coimhearsnachd a' sealltainn treand brosnachail is deagh adhartas ann an lughdachadh eucorach is mar a tha coimhearsnachdan a' faireachdainn mu tèarainteachd is eucoir.

## **Eaconamaidh fharpaiseach, sho-sheasmhach is shùbailte air a' Ghàidhealtachd**

45. Tha a' chomhairle 's a cuid com-pàirtichean ag innse gu bheil iad a' dèanamh deagh adhartas a thaobh toraidhean san raon seo, le 83% dhen 81 taisbeanair a' sealltainn piseach no glèidheadh. Tha na toraidhean a tha co-cheangailte ris a' chuspair seo a' gabhail a-steach buaidh crionadh na h-eaconamaidh, fàs eaconamaidh an eòlais, gnothachas is am bun-structar mar thairgheadas is bann-leathann luath 's taic gus daoine a thàladh air ais gu cosnadh.
46. Dh'fhàs cuibheas meadhanach tuarastal nan daoine ann an cosnadh sa sgìre o £16,988 sa Mhàrt 2008 gu £18,131 sa Mhàrt 2009. Chaidh adhartas beag a dhèanamh cuideachd a thaobh cruthachadh de dh'fhàs eaconamach nas cothromaiche air feadh na Gàidhealtachd. Chaidh bun-loidhne a shuidheachadh airson glèidheadh obraichean ann an Gallaibh is Cataibh is airson cuibhreann dhen bhuidsead mhaoineachaidh aig Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean airson sgìrean cugallach. Chaidh ceudad nan daoine aig aois obrach gun obair a tha a' fuireach ann an 15% dhe na sgìrean as uireasbhaidheach air a' Ghàidhealtachd an àirde gu mòr o 1.7% ann an 2008 gu 5.65% sa Mhàrt 2009. Tha seo an coimeas ri àrdachadh air a' Ghàidhealtachd air fad o 1.5% gu 3.2% san dearbh ùine.



47. Tha a' chomhairle ag innse gu bheil cuibhreann mhòr de dhaoine òga a' dol gu dìreach do dh'fhoghlam, cosnadh no trèanadh, piseach air bun-loidhne de 84% ann an 2006/07 gu 89% sa Mhàrt 2009. Chaidh ceudad nan daoine òga a chuireas crìoch air tàilleabhachdan an àirde gu mòr o bhun-loidhne de 67% gu 81% sa Mhàrt 2009. Chuir a' chomhairle fhèin am meud àireamh nam foghlainneachdan is nan tàilleabhachdan suas gu 200, thairis air targaid 2010/11 de 170.
48. Tha soirbheachas sna sgoiltean math an coimeas ris a' chuibheas nàiseanta 's ùghdarrasan coltach ris. Tha oileanaich sna bun-sgoiltean faisg air a' chuibheas choimeasach agus nas fhearr na an cuibheas aig deireadh À2 san àrd-sgoil. Tha a' Ghàidhealtachd a' dèanamh nas fhearr na na h-ùghdarrasan coimeasach is aig ìre nàiseanta aig ìrean 3, 4, 5 is 6 Ùghdarras Teisteanasan na h-Alba nuair a ruigeas na sgoilearan deireadh À6.
49. Tha a' chomhairle ag aithris fon chuspair 'Na nì sinn airson na h-eaconamaidh' sa phlana corporra gu bheil 30 dhe na 33 geallaidhean a' dèanamh deagh adhartas no gu bheil iad ris an targaid, le dèanadas breac aig càch. Thuit àireamh nan gnothaichean ùra o 5.7 ann am mìle daoine ann an 2006/07 gu 4.6 ann am mìle daoine ann an 2008/09 ged a bhiodh dùil ri seo rè crìonadh na h-eaconamaidh sam bith. A bharrachd air sin, lughdaich ceudad nan tagraidhean planaigh le neo-àrasaich a chaidh dèiligeadh ris am broinn dà mhiosan beagan, o 47.4% ann an 2006/07 gu 44% ann an 2008/09. Ge-tà, tha a' chomhairle a' faighinn barrachd tagraidhean planaigh na ùghdarras planaigh sam bith eile ann an Alba (barrachd air 4,000 ann an 2008/09).

## **Gàidhealtachd nas fallaine**

50. Tha na prìomhachasan ionadail fon chuspair seo a' gabhail a-steach dùil beatha mhath, leasachadh slàinte is neo-eisimeileachd nan seann daoine cho mòr 's a ghabhas is seirbheisean nas fhearr agus bacadh a chur air mì-chleachdadh dighe làidir is dhrugaichean is a leigheas, a' gabhail a-steach atharrachadh beachdan is giùlan nan daoine. Bha dèanadas breac aig a' chom-pàirteachais a thaobh libhrigeadh de thoraidhean fon chuspair seo, le 36% dhe na toraidhean a' sealltainn leasachadh, 32% gan glèidheadh is 32% a' sealltainn crìonadh. Bu chòir dhan chomhairle 's a cuid chom-pàirtichean obair còmhla ri chèile gus dèiligeadh ri draghan an cumantas agus gus dèanadas leis a' chom-pàirteachas a leasachadh.
51. Dh'atharraich cothromachadh a' chùraim airson seann daoine, le cuibhreann nan seann daoine a' dol an àirde a gheibh cùram freagarrach gus an neo-eisimeileachd a ghlèidheadh no a leasachadh. Tha nas lugha de dhaoine a' feitheamh barrachd air 6 seachdainean mus tèid an leigeil a-mach às an ospadal gu suicheachadh freagarrach de chùram. Dh'aithris na com-pàirtichean nach robh duine sam bith a' feitheamh ri ceann-là cunntas-sluaigh 2008/09, ge-tà, bha ceathrar ann a dh'fhulaing dàil mhòr mus deach an leigeil a-mach às an ospadal seachad air 6 seachdainean air 1d dhen Mhàrt 2010. Bha maoinachadh a bharrachd ann cuideachd ann am pròiseactan cian-chùram is cian-shlàinte, le 125 aonadan cian-chùram sgaoilte an sàs airson pacaidean leasaichte is iom-fhillte 's àrdachadh àireamh nan daoine le pacaidean cian-chùram nan taighean o 305 sa Mhàrt 2008 gu 349 sa Mhàrt 2009. Tha a' chomhairle is SNS na Gàidhealtachd ag aideachadh gu bheil atharrachadh cothromachadh a' chùraim na dhùbhlán an cumantas dhaibh fhathast is tha iad ag obair còmhla ri co-sgioba

leasachaidh aig Riaghaltas na h-Alba mar fhreagairt an dùbhlain. Stèidhich am com-pàirteachas prògram cruth-atharrachaidh san t-Samhain 2009 is chaidh co-sgioba atharrachaidh is 14 sruthan obrach a chur air bhonn. Tha iad a' gabhail a-steach ath-sgrùdadh air pròiseasan measaidh, dleastanas airson 'ath-abaltachd is ath-ghnàthachadh' air feadh nan seirbheisean uile, leasachadh de mhodailean cùraim ùra is taic gus nach bi aig daoine a dhol a-steach do dh'ospadal agus a chum dòighean nas luaithe gus daoine a leigeil a-mach asta. Mar phàirt dheth, bheir a' chomhairle a' cur £1 mhillean a bharrachd a mhaoin dha na seirbheisean cùraim san dachaidh ann an 2010/11, a bharrachd air an £1 mhillean a bharrachd a gheall e mu thràth.

52. Ghlèidh an com-pàirteachas an ìre dèanadais ann an leasachadh nan seirbheisean airson daoine fo bhuaidh tinneasan inntinn ach cha robh adhartas cho mòr ann a thaobh lughdachadh na cuibhreann de dh'inbhich a bhios a' smocadh 's ann an lughdachadh ro-reamhrachd.
53. Tha a' chomhairle ag aithris fon chuspair 'Na nì sinn airson nan coimhearsnachdan 's seann daoine' sa phlana chorporra gu bheil 18 dhe na 23 geallaidhean a' dèanamh deagh adhartas no gu bheil iad ris an targaid. Sholair a' chomhairle 119 dachaighean freagarrach do sheann daoine is feadhainn le ciorramachdan ann an 2008/09 is tha àireamh a leithid seo de dhachaighean air a' Ghàidhealtachd a-nis aig 246. Tha a' chomhairle ris an targaid fhathast a thaobh àrdachadh àireamh nan dachaighean a tha freagarrach do sheann daoine is daoine le ciorramachdan gu 600 ann an 2010/11.
54. Thuit àireamh luchd-cleachdaidh cùraim san dachaigh a-rèir 1,000 daoine os cionn aois 65 le 14% eadar 2006/07 is 2008/09. Ge-tà, bha tuilleadh cùraim ann airson na feadhainn as fhainne 's bha beagan leasachaidh ann a thaobh taic do sheann daoine is feadhainn eile a gheibh cùram nan dachaighean. Dh'àrdaich cùram san dachaidh aig deireadh na seachdaine, air an fheasgar no oidhche 22% is 18% eadar 2007/08 is 2008/09.
55. Tha dùbhlain mhòra ro sheirbheis obair shòisealta na comhairle a thaobh geallaidhean maoinachaidh is an t-airgead a tha aice ann an 2009/10. Rinn an t-seirbheis ro-mheasadh gum bi caiteachas de £3.4 millean os cionn a' bhuidseid ann suas gu 30 dhen Ògmhios 2009 ann an aithisg gu comataidh an taigheadais is na h-obrach shòisealta. Rinn i aithris gun chomataidh cuideachd san t-Sultain 2009 gun robh barrachd air £3.9 millean dhen thar-chaitheachas airson cùram coimhearsnachd. Chuir a' chomhairle an sàs plana ath-shlànachadh buidseid is tha i ag obair gus an thar-chaitheachas a lughdachadh. Chaidh aithris a dhèanamh 31 dhen Dùbhlachd 2010 gun tèid an thar-chaitheachas a bha air a ro-mheasadh a lughdachadh gu £2.9 mhillean air 31 dhen Mhàrt 2010.
56. Chaidh toraidhean o sgrùdadh air seirbheisean obrach shòisealta fhoillseachadh san Fhaoilleach 2009 le SWIA. Chaidh ath-sgrùdadh a dhèanamh as dèidh aithisg air sgrùdadh dèanadais tòiseachail sa Chèitean 2007 anns an robh 21 mholadh. Cho-dhùin an ath-sgrùdadh seo gun deach 'adhartas breac a dhèanamh a thaobh an 21 mholadh seo. Chaidh adhartas mòr a dhèanamh a thaobh stiùiridh is taic dhan luchd-obrach is ann an leasachadh nan seirbheisean cloinne amalaichte tro Getting it Right for Every Child (GIRFEC). Bha an t-adhartas na bu slaodaiche a thaobh grunn chuspairean, gu h-àraid feadhainn a tha co-cheangailte ri cùram coimhearsnachd, a' gabhail a-steach leasachadh nan

cothroman obrach airson inbhich le ciorramachdan, conaltradh leis a' phobal a thaobh sheirbheisean is dealbhadh de ro-innleachdan airson coimiseanachadh is luchd-cùraim.'

57. Tha a' chomhairle 's a cuid chom-pàirtichean a' sìor thoirt dùbhlann dhan dòigh air a libhrigeas i seirbheisean is air a leasaicheas i obair com-pàrteachais. Ghabh iad pàirt ann an co-obrachadh le Riaghaltas na h-Alba mar phròiseact treòrach airson GIRFEC a thoirt gu buil. 'S e prògram nàiseanta a tha ann 's a tha ag amas air leasachadh nan cothroman do gach clann is duine òg ann an Alba. Chaidh pròiseact treòrach na Gàidhealtachd a chur air bhog san t-Sultain 2006 le ùine leasachaidh an toiseach is thòiseachadh air a phrògram a sgoileadh air feadh na Gàidhealtachd as t-earrach 2009. Ghabh seo a-steach pròiseasan measaidh is planaidh ùra air feadh na comhairle, tanachadh na biùrocrasaidh gus dòigh-obrach nas co-cheangailte a choileanadh air feadh nan seirbheisean. Chunnaic measadh neo-eisimeileach a chaidh fhoillseachadh san t-Samhain 2009 'gun robh e follaiseach gu bheil bachlagan uaine ri am faicinn a dh'inneas gu bheil a' dèanamh fìor adhartas an coileanadh nan gleusan gus rudan a dhèanamh gu ceart air a' Ghàidhealtachd 's gu bheil a' cur an sàs atharrachadh mòr ann an obrachadh proifeiseanta'. Chunnaic an aithisg adhartas ann an leasachadh beatha na cloinne 's nan teaghlaichean.

## **Cothroman nas fhearr airson a h-uile / Gàidhealtachd nas cothromaiche**

58. Dh'aontaich a' chomhairle 's a cuid chom-pàirtichean targaidean airson toraidhean gus buaidh na bochdainn is ana-chothruim a lughdachadh agus gus bacadh a chur air uireasbhaidh le bhith a' cur cudrom air clann fo chunnart sònraichte. Tha an dèanadas a' dol am feabhas, le 71% dhe na taisbeanairean a' sealltainn adhartas no glèidheadh. Chrìon 23 dhe na taisbeanairean le cuid dhiubh gun aithriseadh tuilleadh agus càch gun dàta no gun fhiosrachadh bun-loidhne.
59. Chaidh àireamh na cloinne aig aois 3 bliadhna is nan teaghlaichean a rinn inntreigeadh do sheirbheisean a gheibh taic o mhaoineachadh Surestart am meud o 1,186 sa Mhàrt 2008 gu 1,497 sa Mhàrt 2009. Tha dòigh na comhairle gus cruadalachd ionmhasail a lughdachadh a' dèanamh cinnteach gum faigh barrachd dhaoine seirbheisean is sochairean a tha iad airidh air. Mar thoradh air sin, chaidh àireamh nan custamairean a dh'iarr comhairle air airgead is còraichean leas am meud o 38,139 sa Mhàrt 2008 gu 40,957 sa Mhàrt 2009.
60. Tha a' chomhairle ag aithris fon chuspair 'Na nì sinn airson na cloinne is nan teaghlaichean' sa phlana chorporra gu bheil 18 dhen 20 gealladh a' dèanamh deagh adhartas no gu bheil iad ris an targaid, le dèanadas breac aig dà dhiubh. Tha na geallaidhean a tha a' dèanamh deagh adhartas a' gabhail a-steach buileachadh GIRFC air feadh na Gàidhealtachd, taic do luchd-cùraim dhaltachan, ìre coileanaidh àrd ann an litreachas is àireamhachas airson clann nan sgoiltean-àirich, nam bun-sgoiltean is nan àrd-sgoiltean. Chaidh àireamh nan daoine òga a dh'fhàg an sgoil 's a chaidh a-steach do dh'fhoghlam, trèanadh no cosnadh am meud cuideachd (o 84% ann an 2006/07 gu 89% ann an 2008/09) 's grunn gleusan tèarainteachd rathaid faisg air sgoiltean. Tha a' chomhairle ag aithris air dèanadas breac ann an cuid de rudan, a' gabhail a-steach lagachadh ann am prògram nan sgoiltean ùra is àireamh na cloinne ann an cùram air falbh on dachaigh. Ge-tà, tha àireamh na cloinne seo taobh a-muigh an ùghdarrais a' crìonadh 's lughdaich àireamh iomlan na cloinne ann an cùram.

61. Dh'fhoillsich a' chomhairle aithisg air dèanadas na seirbheis foghlaim, cultair is spòrs sa Chèitean 2009. Tha seo a' gabhail a-steach toradh nan sgrùdaidhean air sgoiltean is sgoiltean-àraich le HMIE. Tha gach aon dhe na 17 aithisgean airson sgoiltean-àraich is cròileagan ag aithris air toraidhean math (gan comharradh mar fheadhainn thaitneach no nas fhèarr le BAMF). Fhuair 75% dhen 22 sgoil a fhuair aithisg BAMF toradh math. Bha aithisg le BAMF air dìon cloinne air a' Ghàidhealtachd ann an 2005 brosnachail san fharsaingeachd. Chaidh sgrùdadh eile a dhèanamh san Fhaoilleach 2010 's thèid aithris a dhèanamh air sa Ghiblean 2010.
62. Rinn a' chomhairle adhartas mòr ann an tàladh luchd-tadhail dha na goireasan taobh a-staigh, taighean-tasgaidh is leabharlannan aice. Chaidh àireamh nan daoine a chleachd aonadan is puingeann inntigeachd ionnsachaidh am meud beagan cuideachd is bha fàs de 21% ann am measg inbhich a dh'ionnsaich leughadh is sgrìobhadh, o 1,828 gu 2,321 ann an 2008/09.

## Dè an t-adhartas a rinn a' chomhairle ann am brosnachadh so-sheasmhachd?

63. Tha a' chomhairle 's a cuid chom-pàirtichean a' dèanamh adhartas fìor-mhath ann an libhrigeadh de thoraidhean fo chuspair CAA 'A' dìon ar n-àrainneachd'. Rinn an com-pàirteachas aithris san aithisg dèanadais CAA1 airson 2008/09 gun robh 94% dhe na taisbeanair nan leasachadh no gan glèidheadh is 6% aig crìonadh.
64. Tha na taisbeanair nan measadh toraidhean a thaobh dìon is leasachadh càileachd an dualchais nàdarra is lughdachadh a' charboin. Chaidh am piseach as motha a chur air àireamh nan èiceo-sgoiltean a fhuair duais, le bonn umha aig 89, bonn airgid aig 62 is bratach uaine aig 28. Bhathar soirbheachail cuideachd le cuibhreann nan làraichean nàdair fo dhìon a chur am meud agus àireamh nan daoine a ghabh pàirt ann an tachartasan le maòir-choille.
65. Chaidh adhartas fìor-mhath a dhèanamh ann an lughdachadh cleachdadh cumhachd le seirbheisean poblach is lughdachadh a' charboin. Chaidh na targaidean a thaobh lughdachadh a' charboin is cleachdadh cumhachd ann an togalaichean na comhairle le 15% ro 2010/11 a choileanadh mu thràth. Thathar gan ath-sgrùdadh a-rèir an reachdais ùir. Tha planaichean siubhail uaine an sàs ann an 16 àitichean air a' Ghàidhealtachd. Tha coltas brosnachail air a h-uile taisbeanair cuideachd a thaobh brosnachadh na cumhachd sho-ùrachaidh. Tha comas cumhachd so-ùrachaidh de 1990kW air a stàladh ann an togalaichean na comhairle, le planaichean an sàs (no gan stàladh) gus a chur am meud gu 4,518kWh gu ruige 2010/11, ro latha na targaide.
66. Tha gleusan deagh dhealbhaichte aig a' chomhairle airson brosnachadh so-sheasmhachd. Tha amasan soilleir ann, le ceannardas is dealas làidir ga shealltainn a thaobh leasachadh so-sheasmhach le buill is oifigearan àrd-rangach ann an cùisean leasachaidh sho-sheasmhach. Nì iad seo tron bhuidheann-obrach air atharrachadh na h-aimsire (Clàr 4), a nì aithris dhan chomhairle gu cunbhalach. Thathar a' coimhead air mar phrìomhachas corporra, le so-sheasmhachd gu math follaiseach ann am planaichean ro-innleachdail leithid nan CAA, A' neartachadh na Gàidhealtachd is sa phlana chorporra 's tha iad a' gabhail a-steach targaidean SMART.

---

## Clàr 4

### Buidheann-obrach air atharrachadh na h-aimsire

Chuir a' chomhairle an sàs buidheann-obrach air atharrachadh na h-aimsire aig a bheil amasan soilleir 's ceannardas làidir ann an cùisean na h-àrainneachd. Tha ceannard na rianachd na chathraiche os cionn na buidhne thar-phàrtaidh de 15 buill thaghte. Tha an cathraiche, ceannard a' bhuidseid, cathraichean a h-uile comataidh ro-innleachdail (a' gabhail a-steach cathraiche comataidh nan goireasan), ceannard buidheann nan Làbarach is còignear dhen luchd-dùbhlain am measg nam ball.

'S e seo raon-ùghdarras na buidhne:

- Sùil a chumail air dealbhadh is buileachadh de ro-innleachd atharrachadh na h-aimsire airson na Gàidhealtachd is molaidhean freagarrach a dhèanamh dhan chomhairle mu dhèidhinn. Tha am buidheann a' cumail sùil air buileachadh nan geallaidhean iomchaidh o phrògram rianachd na comhairle 's a' dèanamh cinnteach gun tèid a h-uile atharrachadh molta a chur an sàs air feadh seirbheisean na comhairle.
- Aontachadh ri prògram obrach is sùil a chumail air a libhrigeas ro-innleachd atharrachadh na h-aimsire.
- Obair còmhla ri com-pàirtichean planadh na coimhearsnachd gus dòigh-obrach cho-cheangailte a dhealbhadh a libhrigeas ro-innleachd atharrachadh na h-aimsire as fhèrr airson na sgìre 's a chur sna leasachaidhean CAA:

Nì na buill thaghte sgrùdadh gnìomhach, bheir iad dùbhlain is molaidh iad roghainnean is fuasglaidhean. Tha na seirbheisean cunntasachail dhan bhuidheann a thaobh com-pàirteachas is coileanadh nan targaidean.

Tha buidhnean na h-àrainneachd taobh a-muigh na comhairle ag ràdh gu bheil planaichean buadhach aice 's gu bheil i a' dèanamh deagh adhartas ann an coileanadh a gealladh a thaobh lughdachadh carboin. Tha na h-ùghdarrasan ionadail eile a' coimhead oirre mar threòraiche ann an cuspairean atharrachadh na h-aimsire.

Tha plana obrach soilleir aig a' bhuidheann is rinn i adhartas ann an leasachadh ro-innleachd stiùireadh a' charboin is plana buileachaidh, a' libhrigeadh gealladh na comhairle a thaobh lughdachadh a' charboin is a' toirt a-steach planaichean siubhail uaine 's marasgladh prìomhachasan nan seirbheisean air atharrachadh na h-aimsire 's na thathar a' dèanamh gus an coileanadh. Rinn am buidheann aithris san t-Sultain 2009 gu deach an sgòr ann an clàr Foirgheall Atharrachadh na h-Aimsire am feabhas o 24 a-mach à 35 ann an 2008 gu 31 à 35 ann an 2009..

*Tùs: Audit Scotland.*

---

67. Tha a' chomhairle a' dèanamh deagh adhartas ann an libhrigeadh an geallaidhean fo chuspair 'Na nì sinn airson ar n-àrainneachd' a' phlana chorporra. Tha a' chomhairle ag aithris gu bheil 19 dhe na 24 geallaidhean aice a' dol am feabhas no a' dèanamh deagh adhartas, gu bheil dèanadas breac aig 4 dhiubh is gu bheil e ro thràth beachd a thoirt air buaidh an fhir mu dheireadh. Lughdaich i meud an sgudail a chaidh a chur gu lìonadh-tìre o 73.9% sa Mhàrt 2008 gu 66.8% sa Mhàrt 2009 's lughdaich i meud sgudail so-chnàmhach nam bailtean a thathar ga chur gu lìonadh-tìre. Tha rèataichean ath-chuartachaidh a' sìor dhol an àirde gach bliadhna, o 31.4% sa Mhàrt 2008 gu 32.7% sa Mhàrt 2009. Chaidh inneacs glainid na comhairle an àirde cuideachd, o 71% ann an 2006/07 gu 76% ann an 2008/09. Dhealbhaich a' chomhairle dàta bun-loidhne airson grunn taisbeanairean na h-àrainneachd ann an 2008/09 a bheir comas dhi planaichean airson cùisean na h-àrainneachd a leasachadh 's a mharasgladh tuilleadh. Dh'aontaich a' chomhairle ri ro-innleachd cho-cheangailte stiùireadh an sgudail le Comhairle Mhoireibh a tha ag amas air gèilleadh ri targaid Riaghaltas na h-Alba airson neoin de sgudal a thèid gu lìonadh-talmhainn, cur am meud an ath-chuairteachaidh 's cumhachd o sgudal (CoS) 's tha i ag obair air sgrùdadh so-dhèantachd mionaideach ach an gabh ionad CoS a thogail airson an Eilein Sgitheanaich is Loch Aillse.

68. Tha deagh fhiosrachadh aig a' chomhairle air a dèanadas a thaobh leasachaidh sho-sheasmhaich. Tha i a' toirt pàirt ghnìomhach dhan luchd-obrach ann an cùisean so-sheasmhachd tro luchd-riochdachaidh on luchd-obrach a tha nan 'tosgairean uaine' gus aire do chùisean so-sheasmhachd san àite-obrach a bhrosnachadh. Tha e soilleir cuideachd gu bheil a' cleachdadh com-pàirteachasan ann an leasachadh so-sheasmhach tro Fhòram Àrainneachd na Gàidhealtachd. Tha buidhnean a' phobaill, feadhainn phrìobhaideach is shaor-thoileach air agus nì e molaidhean dhan bhòrd dèanadas aig com-pàirteachas planadh na coimhearsnachd. Dhealbhaich i co-fhoirgheall air atharrachadh na h-aimsire airson na sgìre, a' gabhail a-steach gealladh do gach buidheann gus lughdachadh de 3% de dh'èimiseanan gach bliadhna a thoirt gu buil.

## Dè an t-adhartas a rinn a' chomhairle ann am brosnachadh co-ionannachd?

69. Chuir a' chomhairle an sàs pròiseasan is structaran làidir on chiad sgrùdadh air deagh luach gus adhartas a dhèanamh ann an cùisean co-ionannachd. Chuir i air bhonn buidheann-obrach co-ionannachd am broinn na comhairle 's nì a' chomhairle aithris dha na buill thaghte gu cunbhalach a thaobh nan 3 sgeamannan co-ionannachd, cinneadh, co-ionannachd is ciorramachd. Thathar a' dèanamh oidhirp gus nach bi ann am meadhan 2010 ach an aon sgeama co-ionannachd.
70. Tha comhairlichean àrd-rangach ag aithneachadh gu bheil aca ri iomadachd is co-ionannachd a chur an sàs air dòigh nas co-chòrdail air feadh roinnean na comhairle 's ghabh iar-oifigear gnìomha ri dreuchd cathraiche os cionn a' bhuidhinn-obrach air co-ionannachd o chionn ghoirid. Bidh seo na chothrom dhan chomhairle dèiligeadh ri cùisean co-ionannachd air dòigh nas ro-innleachdail, le fòcas nas cruaidhe aig a' bhuidheann air leasachadh dèanadas na comhairle a thaobh cùisean co-ionannachd. Bu chòir dha na buill thaghte barrachd a dèanamh gus pàirt a ghabhail ann an clàr-gnothaich co-ionannachd na comhairle 's iad nas gnìomhaiche is nas buadhaiche ann am brosnachadh cùisean leasachaidh sho-sheasmhaich.
71. Fhuair toraidhean brosnachail an cois maoin na comhairle ann an gleusan co-ionannachd. Chaidh piseach mòr a thoirt air inntigeadh de chiorramaich do thogalaichean na comhairle, o 61.3% de thogalaichean a bha so-inntigichte ann an 2006/07 gu 80.1% ann an 2008/09. Chuir a' chomhairle am meud cuibhreann nan daoine a gheibh na tuarastalan as àirde 's a tha nam boireannaich. Chaidh àireamh de chosnaichean boireann san 2% as àirde am meud o 27.6 ann an 2006/07 gu 34.3% ann an 2008/09 's àireamh de chosnaichean sa 5% as àirde o 35.9% gu 38.3% san dearbh ùine.
72. Tha com-pàirteachas làidir ann an dèiligeadh ri iomadachd is co-ionannachd am broinn na Gàidhealtachd fo stiùireadh buidheann ro innleachdail air co-ionannachd is iomadachd aig com-pàirteachas planadh na coimhearsnachd. Tha am buidheann a' tighinn cruinn gach mìos gus fhiosrachadh air co-ionannachd is leasachaidhean am broinn nam buidhnean aca a cho-roinneadh. Dhealbh am buidheann seo dòigh cho-òrdanaichte cuideachd gus ceanglaichean a stèidheachadh le coimhearsnachdan is chaidh làrach-lìn a chur air bhog sa Ghiblean 2009, 'Hate Free Highlands', far an urrainnear aithris a dhèanamh air loidhne air eucoir gràin. Tha am buidheann a' meòrachadh amasan airson 2010/11, a' leasachadh na gleusan planaidh aige 's mar a stiùireas e dèanadas.

## A' Ghàidhlig

73. Tha a' chomhairle a' brosnachadh urram co-ionnan dhan a' Ghàidhlig is a' Bheurla. Thuit cuibhreann nan daoine air a' Ghàidhealtachd aig a bheil deagh rùn dhan Ghàidhlig beagan o 41% gu 38% eadar 2007/08 is 2008/09. Ge-tà, tha àireamh nan oileanach aig a bheil pàrantan no luchd-cùraim le Gàidhlig a' dol an àirde. Le 87%, thathar glè riarachtaichte leis an fhèis bhliadhnail Blas. Tha an fhèis air a mhaoineachadh leis a' chomhairle 's ag amas air ceòl is cultar na Gàidhlig a bhrosnachadh 's a chomharrachadh air feadh na Gàidhealtachd. Chaidh co-chomhairleachaidhean achdail a chumail mu stèidheachadh làn-sgoiltean Gàidhlig sa Ghearastan is ann am Port Rìgh 's chaidh aontachadh ris. Cuiridh na sgoiltean seo ris an t-solar làithreach ann an Inbhir Nis is air an Eilean Sgitheanach. Tha 270 duine cloinne aig a' chomhairle sna sgoiltean-àraich, 734 sna bun-sgoiltean agus 352 sna àrd-sgoiltean a thaobh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. A bharrachd air sin, tha 165 oileanaich ag intrigeadh cuspairean teagaisg tro mheadhan na Gàidhlig (taobh a-muigh Gàidhlig mar chuspair).

## Dè cho riarachtaichte 's a tha muinntir an àite leis a' chomhairle 's na seirbheisean aice?

74. Tha na custamairean glè riarachtaichte leis a' chomhairle. Thuir 83% dhe na freagraichean gun robh iad riarachtaichte le seirbheisean na comhairle san t-suirbhidh dèanadais bhliadhnail a chaidh a dhèanamh le companaidh neo-eisimeileach ann an 2009. 'S e seo an ìre riarachais a bu mhotha a fuair i on a thoisich an t-suirbhidh ann an 2003. Sheall an t-suirbhidh cuideachd gu bheil 93% dhe na daoine a fhreagair ag ràdh gu bheil e furasta conaltradh a dhèanamh leis a' chomhairle 's gun deach riarachas an àirde ann an 22 raon seirbheise no gun deach a ghlèidheadh an coimeas ris an t-suirbhidh on bhliadhna roimhe. Thàinig piseach follaiseach air raon nan seirbheisean àrainneachd is coimhearsnachd mar sholais nan sràidean, glanadh nan sràidean, ath-chuairteachadh, pàircean poblach is raointean fosgailte. Tha toraidhean na suirbhidhe dèanadais a' freagairt ri toraidhean Suirbhidh Dachaighean na h-Alba san fharsaingeachd.

75. A-rèir na suirbhidhe, tha daoine a' faireachdainn gu bheil a' chomhairle a' solar deagh sheirbheisean ionadail, gu bheil i mothachail do dh'fheuman nan daoine, gu bheil e èifeachdach, càirdeil dhan àrainneachd, cuideachail is càirdeil is na fhastaiche cothromach. Cha robh na daoine ga moladh cho mòr a thaobh luach an airgid a gheibhear uaipe, a thaobh com-pàirteachas nan daoine ann an cosgadh an airgid, gu bheil e cothromach dhan luchd-chòmhnaidh, mar a chumas i fiosrachadh ris na daoine mu na tha i a' dèanamh 's riochdachadh beachdan nan daoine. Dh'aontaich a' chomhairle ri stèidheachadh de phanailean shaoranach mar fhreagairt air draghan an luchd-chòmhnaidh a bharrachd air moladh nan roinnean-taghaidh airson co-chomhairleachadh air buidseat 2011/12 is 2012/13. Thathar a' beachdachadh air coimhearsnachdan na Gàidhealtachd mar àitichean fuirich tèarainte is math fhathast. Tha cuibhreann mhòr de dhaoine a' faireachdainn dàimh dhaingeann ris an cuid coimhearsnachdan is tha cuibhreann mhòr de shaor-thoilich ann, 29% an coimeas ri 24% aig ìre nàiseanta.

76. Ghlèidh a' chomhairle a h-inbhe CharterMark gu soirbheachail san t-Samhain 2008. Thuir CharterMark na ghearr-mheasadh gu bheil 'am buidheann a' sìor-shealltainn ìre àrd de libhrigeadh

seirbheis chustamairean. Thathar a' dèanamh cinnteach le pròis aig gach ìre gun cumar na h-ìre seo de libhrigeadh 's gu bheil iad airidh air moladh nan euchdan fìor mhath. A dh'aindeoin an sgìrean iomallach, chaidh aig a' bhuidheann seo a h-obair a stiùireadh gu buadhach 's bu chòir do dhaoine coimhead oirre mar ghaisgeach ann an libhrigeadh de sheirbheisean poblach.' Leis an ais-mholadh a fhuair a' chomhairle o na custamairean, chuir iad romhpa uairean fosglaidh an aonaid seirbheise aice a leudachadh.

77. Tha a' chomhairle a' dèiligeadh gu math ri aithriseadh air dèanadas poblach (ADP). Bidh i a' cur bileag sna pàipearan gus dèanadas na comhairle fhoillseachadh 's bidh e a' foillseachadh air an làrach-lìn aice. Tha toraidhean suirbhìdh nan custamairean a' sealltainn gur e a' bhileag a bhios ri bilichean cìs na comhairle an dòigh as fhearr airson fiosrachadh fhaighinn air dèanadas. Tha dùil aig a' chomhairle an dòigh a leasachadh air a dhèiligeas i ri ADP le bhith a' foillseachadh barrachd dhen fhiosrachadh a tha aice air dèanadas aig ìre nan roinnean-taghaidh.

## Dè cho èifeachdadh 's a tha a' chomhairle a' cleachdadh a cuid ghoireasan?

78. Tha **deagh smachd ionmhasail** aig a' chomhairle 's tha deagh eachdraidh aige ann an stiùireadh gnìomhach a' bhuidseid aice. Bha teachd a-steach cruinn aice 0.9% fon bhuidsead rè 2008/09 air sgàth grunn seirbheisean air an do chosgadh nas lugha na bha dùil Chuir a' chomhairle roimhe gum bu chòir do mhaoin choitcheann mar stòras gun chomharradh airson tuiteamasan a bhith aig 3% de bhuidsead an teachd a-steach, mu thuaiream £17 millean airson 2008/09. Ge-tà, cha robh ach £13 millean dhen t-suim-chothromachaidh gun chomharradh air 31 dhen Mhàrt 2009 agus tha a' chomhairle ag obair gus dèanamh cinnteach gun glèidh e suim-chothromachaidh fhallain, gu h-àraid le suidheachadh cugallach làithreach na h-eaconamaidh. Bidh aig a' chomhairle deagh smachd a chumail air a h-ionmhas gus dèanamh cinnteach gun dèilig iad gu buadhach ri dùbhlain ionmhasail an ama ri teachd.
79. Tha a' chomhairle gu math mothachail dhan bhrùthadh ionmhasail 's tha siostaman buidseid an sàs gus sùil gheur a chumail air gus an urrainn dhi maoin eachadh a ghluasad gu prìomhachasan no raointean fo bhrùthadh. Tha e ag ath-sgrùdadh a' phrògram chialpa, a' bhuidseid chialpa is buidsead an teachd a-steach gu cunbhalach aig coinneamhan-gnothaich na rianachd. Thathar a' toirt toradh nan coinneamhan seo do bhuidheann a' bhuidseid, a tha a' gabhail a-steach buill on luchd-dùbhlain. Tha pròiseas buidsead na comhairle a' toirt comas dhan chomhairle airgead a chosg air prìomhachasan; mar eisimpleir £1 mhillean a bharrachd air cùram san dachaigh is £1 mhillean airson glanadh nan sràidean is càradh nam fearann. Thug a' chomhairle a-steach buidsead ioma-bhliadhna a tha a' gabhail a-steach 2009/10 is 2010/11 gus piseach a chur air a' phròiseas phlanaidh ionmhasail.
80. Tha a' chomhairle ag aithris fon chuspair 'Na nì sinn gus Comhairle na Gàidhealtachd a dhèanamh nas èifeachdaiche is nas buadhaiche' sa phlana chorporra gu bheil 9 dhen 12 ghealladh a' dèanamh deagh adhartas no gu bheil iad ris an targaid, le dèanadas breac aig 3. Choilean a' chomhairle a targaid de **chaomhnaidhean èifeachdais** de 2%. Bha cuibhreann de £8 millean on targaid nàiseanta



aig a' chomhairle airson gach aon dhe na 3 bliadhna o 2008/09 gu 2010/11 is choilean a' chomhairle a targaid ann an 2008/09 le caomhnaidhean èifeachdais de £8.2 millean. Tha i ag amas air barrachd caomhnaidhean èifeachdais sna bliadhnaichean romhainn tro mholaidhean èifeachdais sònraichte sa bhuidsead teachd a-steach is èifeachdas a bharrachd ann am pròiseactan làithreach.

81. Bha ro-innleachd èifeachdais aig a' chomhairle a-mach o 2005 is chaidh seo a leasachadh tuilleadh ann an 2008/09. Chuir a' chomhairle an sàs 'pròiseact measaidh air seirbheisean an cumantas' ann an 2008 às an d' fhuaradh 9 pròiseactan caomhnaidh mar phàirt dhen phrògram leasachaidh chorporra (PLC). Tha prìomh dhreuchd aig an PLC ann an ro-innleachd èifeachdas na comhairle, le cuid dhe na pròiseactan, mar eisimpleir solar is stiùireadh so-mhaoine, a' dol a libhrigeadh èifeachdasan ann an 2009/10. Tha dùil aig a' chomhairle gum faighear èifeachdasan o na pròiseactan eile a-mach o 2010/11.
82. Tha iomadh pìos de dheagh stiùireadh luchd-obrach aig a' chomhairle ach feumaidh i astar an atharrachaidh a chur am meud ann an cuid de dh'aitichean. Tha cuid de phròiseactan nan goireasan daonna air a bhith ann o chionn fhada, mar eisimpleir cur an co-rèim nan teirmichean is cumhaichean air feadh sgìre na comhairle agus amaladh an t-siostaim ResourceLink airson GD is tuarastalan.
83. Tha dòigh chorporra aig a' chomhairle a thaobh planadh is leasachadh an luchd-obrach tro bhuileachadh plana stiùireadh an luchd-obrach aice. Tha an dàimh leis an luchd-obrach math, tha an conaltradh buadhach is tha deagh mhisneachd is togradh aig an luchd-obrach san fharsaingeachd. Tha a' chomhairle a' sireadh beachdan an luchd-obrach gu gnìomhach 's cunbhalach 's rinn e adhartas le dèiligeadh ri draghan an luchd-obrach. Chum a' chomhairle an ceathramh suirbhìdh luchd-obrach aice san t-Samhain is Dùbhlachd 2007. Tha na toraidhean a' sealltainn gun robh 64% dhen luchd-obrach toilichte leis an obair agus 46% gun robh a' chomhairle na fastaiche meadhanach is 26% gun robh e sàr-mhath no na b' fhearr na meadhanach. Thuir a' chuid a bu motha dhen luchd-obrach gun robh iad toilichte leis an obair inntinneach, uairean obrach, co-obraichean taiceil, tlachd san obair is sochairean an luchd-obrach. Bha a bu lugha de riarachas ann le gainnead de ghoireasan, ais-mholadh air dèanadas is leasachadh a' chùrsa-obrach. Chum a' chomhairle 13 tachartasan suirbhìdh airson an luchd-obrach as dèidh na suirbhìdhe mhòr 's thug seo cothrom dhi plana gnìomha a dhealbhadh is leasachaidhean a chur an sàs ann an conaltradh, planaichean leasachaidh pearsanta (PLP), leasachadh trèanaidh is cùrsa-obrach, pàigh, teirmichean is cumhaichean, rian obrach, goireasan obrach is àrainneachd na h-obrach. Nì gach seirbheis aithris gu cunbhalach air na gnìomhan leasachaidh 's tha iad a' dealbhadh trèanadh seirbheise is planaichean leasachaidh. Bha dùil aig a' chomhairle an ath-shuirbhìdh luchd-obrach a chumail sa Ghearran is sa Mhàrt 2010 aig àm ar sgrùdaidh 's dùil aice na toraidhean a chleachdadh mar mheasadh air buadhachd nan gnìomhan.
84. Tha a' chomhairle a' dèanamh adhartas ann an ath-sgrùdadh tuarastal, teirmichean is cumhaichean is an rian obrach ach 's e atharrachadh slaodach a bha ann gu ruige seo. Chaidh an rian tuarastail is rangachaidh ùr a thoirt a-steach sa Ghearran 2009 's fhuaradh cha mhòr 2,000 ath-thagradh. Tha e ag obair air teirmichean is cumhaichean amalaidhe 's tha dùil gun coilean i seo ann an 2010. Ge-tà, tha a' chomhairle air a bhith slaodach ann an dèiligeadh ri seann chùisean leithid sgeamannan duaise, uairean obrach is airidheachd shaor-làithean o sheann structaran nan comhairlean sgìreil is roinneil a

dh'atharraich ann an 1996. 'S e cunnart ionmhasail leantainneach a tha ann 's a tha a' chomhairle a' cumail smachd air. Tha a' chomhairle nas gnìomhaiche a-nis gus smachd a chumail air neo-làithreachd an luchd-obrach is tha i sa cheathramh as fhearr am measg comhairlean na h-Alba a thaobh rian neo-làithreachd air sgàth tinneas an luchd-teagaisg is an luchd-obrach. Thug a' chomhairle a-steach ResourceLink ann an 2003, siostam amalaichte airson goireasan daonna is tuarastal. Ged a chaidh am feart tuarastail a chur an sàs, tha na feartan eile - leithid stiùireadh neo-làithreachd is fastadh - ri chur an sàs fhathast.

85. Thug a' chomhairle a-steach poileasaidh a chum stiùireadh maoin chorporra ann an 2007 is rinn i adhartas ann an raointean cudromach de phlanadh **stiùireadh maoin**, a' gabhail a-steach tanachadh sheilbheachdan is sheòmraichean, cruinneachadh de dhàta air maoin sheilbheachdan is ath-sgrùdadh air planadh calpa. Chaidh piseach a chur air cuibhreann nan seilbheachdan ann an droch staid, 31% aig an àm seo. Ge-tà, cha deach piseach a chur air cuibhreann nan seilbheachdan nach eil freagarrach a chum cleachdaidh an-dràsta 's e aig 36% fhathast.
86. Tha deagh thuigse aig a' chomhairle air cùisean fastaidh 's an cudromachd. Dhealbh i planadh adhartach airson fastadh mar a chaidh a mhìneachadh ann an aithisg MhicGilleFhaolain (*Review of Public Procurement in Scotland, 2006*). Tha planaichean aig a' chomhairle cuideachd gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air na dòighean fastaidh aice, dhealbh e trèanadh foirmeil, tha i a' cumail taisbeanaidhean leasachaidh airson solaraichean air feadh na Gàidhealtachd 's a' cur an sàs dòighean aithris ùra airson na buill aice.
87. Tha a' chomhairle a' cur **TFC** gu deagh fheum gus taic a chur ri seirbheisean is an libhrigeadh. Tha ro-innleachd aice airson leasachadh TFC aig a bheil ceangal soilleir ri amasan aice. Tha cumhnant TFC ùr ann is tha e na amas gun libhrig e £6.76 millean a chaomhnaidhean air a' char as lugha thairis air na 5 bliadhna seo tighinn.
88. Rinn an sgrùdadh bliadhna 2008/09 aithris dha na buill san Dàmhair 2009 's e a' comharradh duilgheadasan co-cheangailte ri Caithness Heat and Power (CHaP) a thaobh beàrnann ann an gleusan riaghlachas a' phròiseict is duilgheadasan ionmhasail a thaobh cosgais a' phròiseict sam àm ri teachd. Bheachdaich a' chomhairle air aithisg an sgrùdaidh mun chùis seo san Fhaoilleach 2010 is dh'aontaich i gun rachadh aithisg adhartas a thoirt dhan chomhairle is Audit Scotland mu na gnìomhan a rachadh aontachadh. Rinn a' chomhairle grunn leasachaidhean thairis air na 18 mìosan seo chaidh 's tha dùil aice na fhuair i de dh'eòlas a shealltainn dhan a h-uile manaidsear is ceann seirbheise mar phàirt de phrògram leasachadh stiùiridh aice ann an 2010. Nì Smachdaiche nam Modh-Sgrùdaidhean aithisg ùidh phoblach mun chùis seo do Choimisean nan Cunntasan fo Earrann 102(1) de dh'Achd an Riaghaltais Ionadail (Alba) 1973, an tionndadh leasaichte. Comharraichidh an aithisg seo na prìomh dhuilgheadasan a thaobh riaghlachas a' phròiseict agus nì e aithris air na rinn a' chomhairle mar fhuasgladh, a' gabhail a-steach am plana gnìomha a chaidh aontachadh sa Mhàrt 2010.

# 7. Dè seòrsa leasachadh a bhios dùil ris on chomhairle?

Tha a' chomhairle fhaighinn buannachdan o cheannardas làidir leis na buill is oifigearan àrd-rangach is thàinig piseach mòr air an rian phoileataigeach is stiùireach a-mach o 2007. Tha a' chomhairle 's a cuid chom-pàirtichean a' brosnachadh feallsanachd is dealas làidir ann an co-obrachadh a chum leas na Gàidhealtachd. Dh'fhaodadh obair com-pàirteachais a bhith nas làidire ma chuirear piseach air an dàimh eadar na com-pàirteachasan ro-innleachdail is an fheadhainn ionadail.

Tha e follaiseach gu bheil a' chomhairle gu math mothachail dha na rudan a dh'fheumas leasachadh 's tha iomadh eileamaid ann chultar èifeachdach a tha ri sior leasachadh. Ghabh a' chomhairle ri iomadh gleus gus piseach a chur air a dèanadas is fhuaradh èifeachdas is leasachaidhean eile nan cois. Ge-tà, feumaidh a' chomhairle dèanamh cinnteach gu bheil prìomhachasan ann is gu bheil a' co-obrachadh gu èifeachdach am broinn frèam leasachaidh san fharsaingeachd a chum buaidh as motha. Feumaidh a' chomhairle gleusan nas buadhaiche a chur an sàs cuideachd gus nochdadh gu bheil e a' solar luach an airgid airson coimhearsnachdan ionadail agus co-fharpaiseachd.

Rinn a' chomhairle deagh adhartas le leasachadh a dèanadais on chiad sgrùdadh aice air deagh luach ann an 2006. Sheall e gu bheil astar an atharrachaidh nas luaithe a-nis na bha e ann an 2007 is tha bun-stèidh aice a-nis a gnothaichean a stiùireadh tro na h-amannan dùbhlanach a tha romhainn. Tha a' chomhairle glè chomasach gus barrachd piseach a thoirt san àm ri teachd.

## A bheil fios aig a' chomhairle dè na leasachaidhean air a bheil feum is a bheil e an geall air atharrachadh?

89. Tha a' chomhairle a' cleachdadh iomadh pròiseas fèin-mheasaidh is ath-sgrùdaidh gus an urrainn dhi i fhèin a shìor-leasachadh is tha e gu math follaiseach gu bheil i mothachail dha na tha feumach air atharrachadh. Chomharraich am fèin-mheasadh na rudan a leanas airson leasachadh a bharrachd.

- Leis an t-suidheachadh eaconamach chruaidh a-mach o 2010, bheir a' chomhairle sùil eile air an dòigh air a chumas i fios mu cho-dhùnaidhean doirbhe mar seo ris a' phobal, an luchd-obrach 's na meadhanan gus dèanamh cinnteach gu bheil seo soilleir.
- Ùraichidh a' chomhairle na com-pàirteachasan planadh coimhearsnachd sgìreil is ionadail is iarraidh e frèaman ionmhasail nas co-òrdanaichte leis na com-pàirtichean aice.
- Dealbhaidh i siostam stiùireadh dèanadais is chunnartan a bhios ri fhaighinn gu poblach air loidhne agus tha dùil aice fiosrachadh air dèanadas nan roinnean-taghaidh a leasachadh.
- Cuiridh i an sàs na planaichean leasachaidh pearsanta gu h-iomlan gus dèanamh cinnteach gu bheil cothroman aig an luchd-obrach an sgilean obrach a leasachadh.
- Cuiridh i crìoch air measadh pròiseas ath-thagradh measadh obraichean agus amalaichidh i na teirmichean is cumhaichean.

90. Tha na pròiseasan ath-sgrùdaidh is leasachaidh aice a' gabhail a-steach pròiseactan fo na CIP aice, nam buidhnean-obrach thar-phàrtaidh, nan ath-sgrùdaidhean air deagh luach, CharterMark is duaisean eile. Ghabh e ri Frèam Leasachadh na Roinne Phoblach (FLRP) san Ògmhios 2009 is ged a bha e aig ire thràth a bhuileachaidh, chleachd i e gus cur ris an fhèin-mheasadh.

91. Rinn a' chomhairle co-phròiseact breithneachail air seirbheisean rè 2008. Chaidh barrachd leasachaidhean is caomhnaidhean èifeachdais a lorg leis. Thàinig a' chiad phìos dhen phròiseact gu crìoch san Lùnastal 2008 is chaidh 12 chùis gnothaich gus cothroman leasachaidh a dhealbhadh a chur ri chèile na chois. Dh'aontaich a' chomhairle gum bu chòir dhi 9 dhiubh a chur air adhart mar phròiseactan leasachaidh fon phrògram CIP aice. Tha an iomairt seo, air feadh na comhairle, ag amas air £10.1 millean de chaomhnaidhean èifeachdais gu ruige 2012/13 's, aig an aon àm, piseach a thoirt air riarachas nan custamairean.
92. Tha 9 pròiseactan sa CIP, a' gabhail a-steach stiùireadh nam maoin, taic gnothachais, com-pàirteachas is measadh chustamairean, goireasan daonna, cruthachadh teachd a-steach, stiùireadh fiosrachaidh, obrachadh sùbailte is gluasadach, solar is còmh-dhail. 'S e an t-àrd-oifigear gnìomha a tha na chathraiche air bòrd CIP is tha gach bhall dhen sgioba stiùiridh àrd-rangach air is gach aon dhiubh na sponsair aig aon dhe phròiseactan. Ged a tha astar an atharrachaidh nas luaithe san fharsaingeachd na bha e ann an 2007, dh'fhaodadh cuid dhe na h-obraichean CIP a bhith nas adhartaiche.
93. Tha a' chomhairle a' dèanamh oidhirp gus am bi sìor-leasachadh na phàirt dhen chultar aig gach seirbheis. Tha an luchd-obrach brosnachail san fharsaingeachd a thaobh stiùireadh dèanadas na comhairle 's an dòigh air a thathar a' stiùireadh atharrachadh tron chom-pàirteachas aca sna buidhnean-obrach 's pròiseas ath-thagraidhean an luchd-obrach. Tha cultar an t-sìor-leasachaidh air feadh nan seirbheisean aice a' neartachadh is ceannardas làidir airson sìor-leasachadh on àrd-oifigear gnìomha agus an seann sgioba stiùiridh tron chom-pàirteachas aca sa CIP. Tha iomadh eileamaid de chultar èifeachdach a bhios ri sìor-leasachadh is fhuaradh èifeachdas is leasachaidhean eile nan cois. Ge-tà, le raon cho mòr de dh'obair leasachaidh (tron CIP, na h-ath-sgrùdaidhean air deagh luach, PSIF is msaa.), bu chòir dhan chomhairle dèanamh cinnteach gu bheil a' cur prìomhachasan san obair seo 's gu bheil e air a cho-òrdanachadh gu èifeachdach gus casg a chur air cunnart ath-dhùblachaidh is gus dèanamh cinnteach gu bheil an obair leasachaidh èifeachdach.

## A bheil taic a cuid chom-pàirtichean aig a' chomhairle gus toraidhean nas fhearr a sholar do mhuinntir an àite?

94. Tha a' chomhairle 's a cuid chom-pàirtichean a' brosnachadh feallsanachd is dealas làidir a thaobh co-obrachaidh a chum leas sgìre na Gàidhealtachd. Nì i seo tro bhòrd dèanadais aig com-pàirteachais planadh coimhearsnachd na Gàidhealtachd, Comhairle na Gàidhealtachd is buidheann dèanadais is ceannardais aig SNS na Gàidhealtachd agus com-pàirtichean eile. Tha dreuchd gnìomhach aig àrd-oifigearan gnìomha àrd-rangach, na buill thaghte 's buill a' bhùird air a' bhòrd is aig prìomh chom-pàirteachasan eile ann an raon na slàinte, na h-eaconamaidh is na h-àrainneachd. Nì seo cinnteach gu bheil tuigse an cumantas aca 's dòigh co-obrachail a chum coileanadh nam prìomh amasan san sgìre seo.
95. Thug a' chomhairle is a cuid chom-pàirtichean iomradh air grunn phlanaichean com-pàirteachais rè dealbhadh nan CAA 's iad air fiosrachadh fhaighinn mun cho-chomhairleachadh mu thràth agus tha iad a-nis a' cur sùil ùr air na gleusan aice gus dèanamh cinnteach gum bi na toraidhean ionadail

soirbheachail. Tha iad a' nochdadh dealas do chothroman co-obrachaidh mar a sheall iad san dòigh air a dhèilig iad ri GIRFEC is pileat frèam nan goireasan amalaichte còmhla ri co-sgioba leasachaidh aig Riaghaltas na h-Alba. 'S e pròiseact leasachaidh nàiseanta a tha ann 's a tha ag amas air tuigse mun dòigh air a bheil goireasan ionmhasail gan sgoileadh air feadh roinnean na slàinte is a' chùraim shòisealta gus seirbheisean cùraim a thoirt do dhaoine a bhios cho freagarrach dhaibh 's a ghabhas, leithid cùram san dachaigh.

96. Rinn a' chomhairle 's a cuid chom-pàirtichean ath-sgrùdadh air structaran planadh na coimhearsnachd gus am bi fòcas dèanadais ann am planadh na coimhearsnachd is structar airson libhrigeadh, marasgladh is aithriseadh dhan CAA. Tha buill thaghte, manaidsearan corporra is manaidsearan nan roinnean-taghadh a' toirt ceannardas coimhearsnachd làidir tron chom-pàirteachas aca sna structaran stiùiridh ionadail is na com-pàirteachasan ionadail. Tha seo a' toirt barantas cuideachd gu bheil na com-pàirteachasan ionadail gan ruith cho èifeachdach 's cho buadhach 's a ghabhas. Ge-tà, faodaidh an dòigh dèiligidh ri planadh coimhearsnachd a bhith nas làidire ma bhios structaran nas soilleire ann fon ìre ro-innleachdail. Chan eil structaran marasglaidh is aithrisidh soilleir ann aig an àm seo airson nan com-pàirteachasan ionadail a sheallas dhaibh mar a bhios iadsan a' cur ri libhrigeadh nan toraidhean ionadail is ro-innleachdail. Tha fèin-mheasadh na comhairle a' comharradh ùrachadh nan crìochan aig com-pàirteachasan planadh na coimhearsnachd ionadail mar rud a ghabhas a leasachadh.
97. Tha com-pàirteachasan buadhach ann aig an ìre ro-innleachdail, mar Bhòrd Dèanadais Com-Pàirteachas Planadh na Coimhearsnachd, Comhairle na Gàidhealtachd, Buidheann Dèanadais is Ceannardais aig SNS na Gàidhealtachd, Fòram Eaconamaidh na Gàidhealtachd, Fòram Àrainneachd na Gàidhealtachd is Buidheann Ro-Innleachdail air Co-lonnanachd is Iomadachd. Chaidh Bòrd Dèanadas Com-Pàirteachas Planadh na Coimhearsnachd a chur an àite an Wellbeing Alliance as dèidh ath-sgrùdadh structaran planadh na coimhearsnachd. Dh'aontaich am bòrd ri dòigh gus dùbhlán a thoirt do dhèanadas sa chom-pàirteachas is cumaidh e pileat a thaobh cleachdadh nam PSIF.
98. Tha dreuchd gnìomhach is brosnachail aig na buill thaghte 's nochdaidh iad ceannardas ann am planadh is tha deagh cho-obrachadh com-Pàirteach ann an co-phlanadh ro-innleachdail. Tha seo a' solar sgrìobhainnean ro-innleachdail is gnìomhan a tha nam mac-shamhladh air raon farsaing de dh'ùidhean is prìomhachasan ionadail.
99. Thoisich a' chomhairle 's a chuid chom-pàirtichean air sgrùdadh nam prògraman calpa aca gus inbheisteachd calpa a chur air dòigh nas fhèarr, inbheisteachd sa choimhearsnachd a chomharrachadh san eaconamaidh ionadail is cothromach airson co-roinneadh sheirbheisean a lorg. Chomharraich seo cothroman airson na comhairle 's a cuid chom-pàirtichean gus na dearbh oifisean a chleachdadh is thèid buidheann de dh'oifigearan àrd-rangach o na com-pàirtichean a chur còmhla gus seo a thoirt air adhart, ag amas air co-mholaidhean cunbhalach airson pròiseactan calpa is beachdachadh air cothroman co-obrachaidh. Thèid aithisg a dhèanamh dhan chom-pàirteachais san Ògmhios 2010. San iomairt seo, bu chòir dhan chomhairle 's a cuid chom-pàirtichean beachdachadh tuilleadh air dòighean air a sheallas iad luach an airgid is buannachdan eile a lorg iad tro obair com-pàirteachais.

## **A bheil na comasan ceannardais is eagrachaidh aig a' chomhairle gus na leasachaidhean a sholar air a bheil feum?**

100. Rinn a' chomhairle deagh adhartas le leasachadh a dèanadais on chiad sgrùdadh aice air deagh luach ann an 2006 agus tha astar an atharrachaidh nas luaithe a-nis na bha e ann an 2007.
101. Tha structaran poileataigeach na comhairle gan leasachadh fhathast ach thug iad dhi dòigh-obrachaidh nas ro-innleachdail a thaobh mar a sholaras i seirbheisean ionadail, sgrùdadh is tuigse a' bhuidseid. Bha àireamh mhòr de bhuill neo-eisimeileach air Comhairle na Gàidhealtachd ron taghadh ann an 2007 's iad a' cur cudrom air cùisean nan roinnean-taghadh ionadail. Tha fòcas ro-innleachdail na bu làidire air a bhith ann on taghadh ann an 2007 's toirt a-steach buidhnean nam pàrtaidhean. Tha na buill thaghte a' solar ceannardas coimhearsnachd fhathast is tha structar nan roinnean-taghadh a' toirt comas cothromachaidh dhaibh eadar prìomhachasan ionadail is am frèam ro-innleachdail.
102. Tha ceannardas poileataigeach làidir aig a' chomhairle, le rianachd a tha ag obair gu cunbhalach is èifeachdach is luchd-dùbhlain èifeachdach. Tha seo a' cur ri stiùireadh ro-innleachdail soilleir is cunbhalach. Tha na buill thaghte a' nochdadh deagh cheannardas is tha an dàimh obrach eadar buidhnean nam pàrtaidhean, am measg nam ball is eadar na buill is na h-oifigearan math san fharsaingeachd. Tha dòigh-obrachaidh bhrosnachail aig na buill is tha iad ag obair ri chèile gu math a chum leas na Gàidhealtachd air fad.
103. Tha ceannardas stiùiridh làidir aig a' chomhairle 's tha an t-àrd-oifigear gnìomha a' brosnachadh stiùireadh in-ghabhalach is brosnachail le bhith a' cur an cèill gu soilleir cunntasalachdan is uallaichean.
104. Neartaich an rian poileataigeach is stiùireach ùr an t-obrachadh corporra 's lughdaich an neo-chunbhalachd eadar 8 seann sgìrean na comhairle fhad 's a thathar a' cumail fòcas is dearbh-aithne ionadail.
105. Tha a h-uile com-pàirtiche air Bòrd Dèanadas Com-Pàirteachas Planadh na Coimhearsnachd a' nochdadh ceannardas làidir is co-thuigse air prìomhachasan na Gàidhealtachd. Bu chòir dha dèanamh cinnteach gu bheil comas is dealas aig a' chom-pàirteachas leasachaidhean a dhèanamh san àm ri teachd.

## **A bheil coltas gun dèan rèiteachadh stiùireadh na comhairle cinnteach gun cleachdar goireasan nas fhearr 's gum bi seirbheisean nas fhearr?**

106. Thug rèiteachadh is structar poileataigeach is stiùireach na comhairle cothrom dhi seirbheisean a sholar air dòigh nas aonaichte 's nas cunbhalache. Tha na planaichean ro-innleachdail is na structaran ùra a' solar stiùireadh soilleir, rèiteachadh stiùireadh gnothachais nas fhearr 's a' cuideachadh le prìomhachasadh pròiseas a' bhuidseid.

107. Tha na buill thaghte a' nochdadh seilbheachd de stiùireadh an dèanadais tro aithriseadh air dèanadas a thaobh a' phrògram 'A' neartachadh na Gàidhealtachd'. Tha frèam stiùireadh an dèanadais aig a' chomhairle slàn is air amalachadh le planadh is libhrigeadh nan seirbheisean. Thèid dèanadas nan seirbheisean aithriseadh gu manaidsearan àrd-rangach gu h-iomlan is èifeachdach tro na h-ath-sgrùdaidhean dèanadais ràitheil is gheibh comataidhean nan seirbheisean aithisgean dèanadais gu cunbhalach. Tha frèam stiùireadh dèanadais aig a' chomhairle ga shìor-leasachadh is bu chòir gun tig leasachadh eile air an raon seo 's dùil aice siostam leatranaigeach a cheannach a chum clàrachadh is aithriseadh dèanadais.
108. Tha grunn gleusan fèin-mheasaidh is ath-sgrùdaidh aig a' chomhairle. Ge-tà, chan eil e soilleir a bheil na gnìomhan stiùireadh dèanadais aice a' cur ath-sgrùdaidhean a dhol. Mar eisimpleir, chan eil mòran fianais ann gun do chuir a' chomhairle co-fharpaiseachd a cuid sheirbheisean fo dheuchainn sna h-ath-sgrùdaidhean aice. Bha ìre de luachadh roghainnean is deuchainneadh margaide sna h-ath-sgrùdaidhean air deagh luach am measg prìomh gnìomhan malairt a thàinig a-mach san t-Samhain 2009. Ged as urrainn dha na buill thaghte is oifigearan na comhairle adhbharan sòisealta is eaconamach a chur an cèill a thaobh nan roghainnean a thagh iad, chan eil sin follaiseach ann am pròiseas luachadh nan roghainnean.
109. Feumaidh a' chomhairle piseach a chur air na gleusan deuchainn aice cuideachd is mar a sheallas i gu bheil a cuid sheirbheisean èifeachdach. Ged a tha grunn gnìomhan leasachaidh a' tachairt 's ged a tha glacadh èifeachdais na phàirt chudromach a' CIP, chan eil an dòigh air a sheallas a' chomhairle luach an airgid leasaichte gu leòr. Bidh astar is sluagh sgapte na Gàidhealtachd a' cur cuingeachadh air an eaconamaidh sgèile. Tha e cudromach mar sin gun seall a' chomhairle gu bheil i a' glacadh luach an airgid airson coimhearsnachdan.
110. Tha dùbhlain mhòra ron chomhairle fhathast a thaobh freagairt nan geallaidhean caiteachais ris na goireasan a tha ann is feumaidh am planadh ionmhasail a bhith sùbailte gus aghaidh a thoirt air na dùbhlain o chrionadh na h-eaconamaidh. Chan eil teachd a-steach calpa neo-leantainneach, rud a thug faochadh sna bliadhnaichean roimhe, cho dualach air sgàth crìonadh na h-eaconamaidh. Dh'aithnich sgioba stiùireadh corporra na comhairle seo 's chuir gach seirbheis ri chèile planaichean gnìomha anns a bheil lughdachaidhean caiteachais. Chaidh iarraidh air na seirbheisean caomhnaidhean de 2.9% a lorg sa chuibheas airson nam buidseadan 2009/10 is dh'iarr a' chomhairle air na seirbheisean caomhnaidhean de 5%, 6% is 6% a lorg sa chuibheas airson na h-ùine 2010/11 - 2012/13. Tha a' chomhairle a' dèanamh làn-sgrùdadh air a' phrògram chalpa cuideachd, a' gabhail a-steach cleachdadh de shlatan-tomhais airson luachadh roghainnean, mar sgrùdadh air na dòighean aice 's dùil ri nas lugha de theachd a-steach calpa 's tha i a' coimhead air tùsan eile de theachd a-steach agus air lughdachadh a' chaiteachais airson am buidsead a chothromachadh. Leis a' brùthadh ionmhasail a tha air a' chomhairle, tha e nas cudromaiche fhathast gun dèan i sgrùdadh air gach roghainn seirbheise a tha ann is gun seall i gu bheil i a' solar luach an airgid sna seirbheisean aice.
111. Thug a' chomhairle 's a cuid chom-pàirtichean ceuman gus aghaidh a thoirt air crìonadh na h-eaconamaidh. Mar phàirt dhen dreuchd aice ann an Co-Chruinneachadh na Gàidhealtachd 's nan

Eilean, dh'ullaich a' chomhairle pàipear deasbaid air buannachdan is dùbhlain ann am planadh na coimhearsnachd rè ùine de chrìonadh eaconamach. Chomharraich am pàipear cunnartan do choimhearsnachdan na Gàidhealtachd o chrìonadh na h-eaconamaidh 's gnìomhan a dh'fhaodas buaidh a' chrìonaidh fhaochadh. Chuir am pàipear an cèill mion-fhiosrachadh air plana slànachaidh eaconamach de sheachd puingeann aig lomaire na Gàidhealtachd 's nan Eilean ri taobh plana gnìomha na comhairle fhèin. Bheachdaich a' chomhairle air plana gnìomha an aghaidh crìonadh na h-eaconamaidh san Ògmhios 2009 's chuir iad an cèill 38 gnìomhan airson na h-ùine ghoirid, mheadhanach is fhada ann an raointean mar thaigheadas, am prògram calpa, comhairle air airgead is so-fhastachd, taic do dhaoine fa leth, gnothachas is iomairtean eaconamach san fharsaingeachd. Thathar a' dèanamh aithris dhan chomhairle air adhartas a' phlana ghnìomh gu cunbhalach.

112. Tha a' chomhairle ga leasachadh gu math, le deagh adhartas sna rudan a bha feumach air leasachadh a-rèir na ciad sgrùdadh aice air deagh luach ann an 2006. Tha stiùireadh ro-innleachdail nas cunbhalaiche is nas soilleire aice leis an atharrachadh a chur e air rian poileataigeach is stiùireach. Tha a' chomhairle a' solar deagh sheirbheisean san fharsaingeachd a fhreagras ris na coimhearsnachdan ionadail is tha a cuid chustamairean glè riarachte. Tha i ag obair còmhla ris a chuid chom-pàirtichean gu math gus cothrom a thoirt dha na coimhearsnachdan ionadail pàirt a ghabhail ann is fuasglaidhean a lorg airson feuman is draghan ionadail. Tha a' chomhairle a' sealltainn gu bheil i gu math mothachail dha na cùisean is dùbhlain a tha roimhe. Tha deagh bhun-stèidh aice gus aghaidh a thoirt air na rudan seo ach ge-tà, feumaidh i astar an atharrachaidh a chur am meud ann an cuid de dh'aitichean is sealltainn nas soilleir gu bheil e a' toirt luach an airgid dha na coimhearsnachdan ionadail aice. Tha Comhairle na Gàidhealtachd glè chomasach gus barrachd piseach a thoirt san àm ri teachd.



# Leasachan 1

## Tuairisgeul nam breithneachaidhean

Tha an clàr seo a' mineachadh an fhrèama gus na breithneachaidhean DL2 a thogail. Tha dùil nach seall comhairlean gach puing dhe na h-irean dèanadais (m.e. leasachadh thoraidhean no càileachd nan seirbheisean ionadail). Tha e nas dualaiche gun seall comhairlean measgachadh de dh'ìrean dèanadais air feadh nan tomasan dèanadais a thathar ga mheasadh. Thigear gu breitheanas DL2 le bhith a' coimhead air na diofar puingeann dèanadais seo 's a' cur ri chèile gearr-chunntas air dèanadas san fharsaingeachd.

<b>Astar is slighe an atharrachaidh</b>	<b>Gun leasachadh mar bu chòir</b>	<b>Feum air leasachadh nas luaithe</b>	<b>Ga leasachadh gu math</b>	<b>Ga leasachadh gu fìor mhath</b>
<b>A' leasachadh toraidhean is a' dèiligeadh ri cùisean iom-fhillte thairis air raointean 's còmhla ri com-pàirtichean</b>	Chan eil eachdraidh mhath aig a' chomhairle ann an libhrigeadh toraidhean leasaichte airson na sgìre leis a chuid chom-pàirtichean agus dèiligeadh ri cùisean thairis air raointean mar tèarainteachd na coimhearsnachd, leasachadh slàinte, co-ionannachd is so-sheasmhachd.	Tha an t-adhartas gu ruige prìomh thoraidhean ro-innleachdail breac, le feum air adhartas nas fhearr ann an àireamh de raointean cudromach. Chan eil fianais siostamach ann air buaidh obair com-pàirteachais.	Thathar a' dèanamh adhartas cunbhalach gu ruige a' chuid as motha dhe na prìomh thoraidhean ro-innleachdail. Ge-tà, tha feum air leasachaidhean fhathast a thaobh cuid dhe na toraidhean is tha cothrom ann co-obrachadh com-pàirteachais a cho-òrdanachadh nas fhearr leis na prìomhachasan ro-innleachdail mòra.	Tha a' chomhairle a' sealltainn gu cunbhalach gus bheil e gu math soirbheachail ann an libhrigeadh cùisean ionadail ro-innleachdail iom-fhillte thairis air raointean agus ann an leasachadh thoraidhean còmhla ri com-pàirtichean. Thathar a' dèanamh adhartas cunbhalach gu ruige cha mhòr gach prìomh thoradh ro-innleachdail. Tha feum air leasachaidhean beaga.
<b>Càileachd na seirbheise ionadail</b>	Tha càileachd seirbheisean na comhairle fon chuibheas nàiseanta gu cunbhalach. Tha iomadh seirbheis, a' gabhail a-steach grunn phrìomh sheirbheisean (foghlam, obair shòisealta no taigheadas) feumach air leasachadh mòr no èiginneach.	Tha dèanadas seirbheise breac san fharsaingeachd. Ged a tha cuid dha na seirbheisean a' dèanamh gu math, tha cuid dhiubh, no pàirtean mòra dhiubh, feumach air leasachadh mòr.	Tha iomadh seirbheis na comhairle a' dèanamh gu math gu cunbhalach 's a' nochdadh sìor-leasachadh. Ged a tha feum air leasachaidhean fhathast, tha a h-uile prìomh sheirbheis a' dèanamh gu math.	Tha a' chuid as motha de sheirbheisean na comhairle air aithneachadh mar fheadhainn shàr-mhath. Tha gach prìomh sheirbheis a' nochdadh leasachadh làidir is cunbhalach.
<b>Beachdan nan saoranach is luchd-cleachdaidh na seirbheise</b>	Tha riarachas leis a' chomhairle is càileachd a cuid sheirbheisean fon chuibheas nàiseanta gu cunbhalach. Tha riarachas san fharsaingeachd na staid no a' tuiteam. Tha gleusan co-chomhairleachaidh airson muinntir an àite is luchd-cleachdaidh na seirbheise breac is fo-leasaichte 's chan urrainn dhan chomhairle sealltainn gu bheil buaidh aig co-chomhairleachadh air co-dhùnaidhean is leasachadh seirbheise.	Tha riarachas leis a' chomhairle is càileachd a cuid sheirbheisean breac, le àireamh mhath dhiubh, fon chuibheas nàiseanta. Tha riarachas san fharsaingeachd a' dol am feabhas gu slaodadh. Thug a' chomhairle a-steach gleusan airson co-chomhairleachaidh le muinntir an àite is luchd-cleachdaidh nan seirbheisean ach chan eilear gan cleachdadh gu cunbhalach air feadh a' bhuidhinn. Ged a thathar a' faicinn gu bheil seo 'a' dèanamh diofar' ann an cuid dhe na roinnean ach chan eil fianais	Tha riarachas leis a' chomhairle is càileachd a cuid sheirbheisean os cionn a' chuibhis nàiseanta mar is trice, le treandaichean riarachais a' dol am feabhas gu math. Tha gleusan airson co-chomhairleachadh le muinntir an àite is luchd-cleachdaidh nan seirbheisean air an deagh leasachadh. Tha fianais mhath ann gu bheil ri co-chomhairleachadh is com-pàirteachas an da-rìreabh air feadh a' bhuidhinn 's le deagh fhianais shiostamataigeach air a bhuidhinn.	Tha riarachas leis a' chomhairle is càileachd a cuid sheirbheisean os cionn a' chuibhis nàiseanta gu cunbhalach airson a' chuid as motha dhe na puingeann dèanadais, le treandaichean riarachais a' dol am feabhas gu luath. Tha gleusan iomlan 's deagh cho-òrdanachaidhean aig a' chomhairle airson co-chomhairleachadh le muinntir an àite is luchd-cleachdaidh nan seirbheisean agus 's urrainn dhi sealltainn gu bheil buaidh aig am beachdan air na prìomhachasan ro-innleachdail is a'

		shìostamataigeach ann fhathast air a' bhuidh.		dealbhadh leasachaidhean seirbheise.
<b>Adhartas na comhairle ann an libhrigeadh a' chlàir-ghnothaich aice (a' gabhail a-steach luach an airgid (LAA))</b>	Tha beagan fianais ann gu bheil fios aig a' chomhairle càit a bheil feum air leasachaidhean 's gun urrainn dhi leasachaidhean ann an dèanadas nan seirbheisean a choileanadh. Chan urrainn dhi adhartas ann an LAA a shealltainn.	Ged a tha cuid dhe na seirbheisean a' dol am feabhas, tha astar an atharrachaidh air a bhith slaodach 's cha b' urrainn dhan chomhairle leasachaidhean seirbheise a thar-aiseag gu sìostamataigeach o sheirbheis gu tè eile agus leasachaidhean sìostamataigeach ann an LAA a lorg.	Tha fios aig a' chomhairle càit a bheil feum air leasachadh agus 's urrainn dhi sealltainn gu bheil dòigh shìostamataigeach is èifeachdach aice gus leasachaidhean a lorg air feadh nan seirbheisean uile (a' gabhail a-steach LAA). Thathar a' cur an sàs leasachaidhean gu luath 's gun mòran dälach.	'S urrainn dhan chomhairle sealltainn gu bheil i a' stiùireadh leasachadh dèanadas gu èifeachdach 's a-rèir nam prìomhachasan ro-innleachdail aice 's ann an com-pàirteachas agus 's urrainn dhi leasachadh sìostamataigeach is mòr a shealltainn ann an LAA.

<b>Dùil ri leasachaidhean san àm ri teachd</b>	<b>Dùil bheag ri leasachaidhean san àm ri teachd</b>	<b>Dùil chothromach ri leasachaidhean san àm ri teachd</b>	<b>Deagh dhùil ri leasachaidhean san àm ri teachd</b>	<b>Dùil mhòr ri leasachaidhean san àm ri teachd</b>
<b>Comas ceannardais is dealas a' bhuidhinn ri atharrachadh</b>	Chan eil na gleusan ceannardais is stiùiridh aig a' chomhairle gus na tha dùil rithe a thoirt gu buil. Tha an riaghlachas lag is tha leasachadh a comasan poileataigeach is stiùireach na phrìomhachas dhan chomhairle gus ionnsaigh a thoirt air duilgheadasan na comhairle.	Feumaidh a' chomhairle piseach a thoirt air buaidh a ceannardais is stiùiridh gus na tha dùil rithe a thoirt gu buil. Tha cuid de laigsean sna gleusan riaghlachais is chan urrainn dhi sealltainn gu bheil comas is dealas aig a' bhuidheann gus atharrachadh is toraidhean nas fhearr a thoirt gu buil.	Tha ceannardas poileataigeach is stiùireach èifeachdach aig a' chomhairle, le taic o dheagh ghleusan riaghlachais. Tha i an geall air sior-leasachadh le fòcas air na tha cudromach do mhuinntir an àite 's air glacadh de thoraidhean nas fhearr.	Tha ceannardas poileataigeach is stiùireach glè èifeachdach aig a' chomhairle, le taic o ghleusan làidir is èifeachdach riaghlachais. Tha planaichean dian-thograch aice airson na sgìre agus fòcas làidir air leasachadh leantainneach. Tha dealas is comas aig a' bhuidheann gus atharrachadh is toraidhean nas fhearr a thoirt gu buil.
<b>Obair com-pàirteachais</b>	Chan eil co-lèirsinn airson na sgìre aig a' chomhairle is na com-pàirtichean aice fhathast, le taic o dheagh ghleusan riaghlachais is na goireasan air a bheil feum gus na prìomhachasan mòra a libhrigeadh.	Ged a stèidhich a' chomhairle co-lèirsinn airson na sgìre còmhla ris na com-pàirtichean aice, chan eil e follaiseach gur ann aig ceannardan a' chom-pàirteachais a tha i agus tha feum air leasachaidhean a thaobh riaghlachais is co-òrdanachadh nan goireasan.	Tha co-lèirsinn shoilleir is chunbhalach aig ceannardan a' chom-pàirteachais is feallsanachd amasach airson a' chom-pàirteachais is na leasachaidhean a tha i ag amas oirre airson na sgìre agus tha riaghlachas èifeachdach is goireasan co-òrdanaichte an sàs aice.	Tha ceannardan a' chom-pàirteachais a' brosnachadh 's conaltradh na co-lèirsinn is feallsanachd amasach aig a' chom-pàirteachais is na leasachaidhean a tha i ag amas oirre airson na sgìre. 'S urrainn dhaibh sealltainn - is tha iad an geall air - dèanamh cinnteach gum bi buaidh aig a' cho-lèirsinn airson na sgìre air na buidhnean aca fhèin is gnìomhan a' chom-pàirteachais.
<b>Tuigse an luchd-obrach is dealas do leasachadh</b>	Tha tuigse glè bheag aig an luchd-obrach air, is dealas do, leasachadh leantainneach is clàr-gnothaich leasachadh na comhairle.	Chan eil tuigse gu leòr aig an luchd-obrach air, is dealas do, leasachadh leantainneach is clàr-gnothaich leasachadh na comhairle.	Tha deagh thuigse aig an luchd-obrach air, is dealas do, leasachadh leantainneach is clàr-gnothaich leasachadh na comhairle.	Tha tuigse fìor mhath aig an luchd-obrach air, is dealas do, leasachadh leantainneach is clàr-gnothaich leasachadh na comhairle.
<b>Èifeachdas planadh nan goireasan is stiùireadh dèanadais (a' gabhail a-steach sgrùdadh nam ball)</b>	Chan eil a' chomhairle mothachail gu leòr dha na rudan a tha feumach air leasachadh 's chan urrainn dhi leasachaidhean a bhuileachadh air sgàth stiùireadh dèanadais neo-èifeachdach is sgrùdadh is dùbhlachadh lag. Chan eilear a' cleachdadh goireasan cho buadhach 's a ghabhas.	Ged a tha fios aig a' chomhairle dè na leasachaidhean air a bheil feum, chan eil dòigh shiostamataigeach aice gus leasachaidhean a bhuileachadh. Tha an sgrùdadh is dùbhlachadh breac. Chan eil pròiseas siostamataigeach aig a' chomhairle gus goireasan a stiùireadh dhan na prìomhachasan mòra agus LAA leasaichte a bhuileachadh.	Tha fios aig a' chomhairle dè na leasachaidhean air a bheil feum, is tha dòigh shiostamataigeach aice gus leasachaidhean a bhuileachadh. Tha an sgrùdadh is dùbhlachadh math. Tha pròiseas siostamataigeach aig a' chomhairle gus goireasan a stiùireadh dhan na prìomhachasan mòra agus LAA leasaichte a bhuileachadh ach chan urrainn dhi sealltainn fhathast gu bheil a' faighinn toraidhean leasaichte gu cunbhalach.	Tha fios aig a' chomhairle dè na leasachaidhean air a bheil feum, is tha dòigh shiostamataigeach aice gus leasachaidhean a bhuileachadh. Tha an sgrùdadh is dùbhlachadh glè èifeachdach. Tha pròiseas siostamataigeach aig a' chomhairle gus goireasan a stiùireadh dhan na prìomhachasan mòra agus 's urrainn dhi sealltainn gu bheil a' faighinn toraidhean leasaichte gu cunbhalach.

# Comhairle na Gàidhealtachd

If you require this publication in an alternative format and/or language, please contact us to discuss your needs.

You can also download this document at:  
[www.audit-scotland.gov.uk](http://www.audit-scotland.gov.uk)



Audit Scotland, 110 George Street, Edinburgh EH2 4LH  
T: 0845 146 1010 E: [info@audit-scotland.gov.uk](mailto:info@audit-scotland.gov.uk)  
[www.audit-scotland.gov.uk](http://www.audit-scotland.gov.uk)

ISBN 978 1 906752 83 5

Printed on Revive 100 Uncoated, a Forest Stewardship Council (FSC) certified recycled grade containing 100% post consumer waste and manufactured at a mill certified with ISO 14001 environmental management standard. The pulp used in this product is bleached using an Elemental Chlorine Free process (ECF).